


Hall 195 h.1(1-22)

National Library of Scotland



\*B000274327\*

ANDREW DUNN.

---

## EACHDRUIDH

MU

AINDREA MAC-ILLE-DHUINN,

PAPANACH ERIONNACH;

AGUS

AN CHO-CHAINNT A BH' EADAR E FEIN AGUS

AN SAGART.

---

AIR ATHLEASACHADH

LE

L. MAC ILLEAN.

---

GLASGOW:

*Printed at the University Press,*

BY EDWARD KHULL, DUNLOP STREET,

OR THE GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY, AND SOLD AT THEIR  
DEPOSITORIES, 158, TRONGATE; AND 99, BUCHANAN STREET.

D IN EDINBURGH, AT THE RELIGIOUS TRACT SOCIETY'S DEPOSITORY,  
6. EAST REGISTER STREET.

MDCCXL.

# AN CLAR-INNSEADH.

---

Taobh-dhuitteag.

## CAIB. I.

An t-eagamh san robh Aindrea, agus a cheud chòmhradh bh'	3
aige ris an t-Sagart.....	

## CAIB. II.

Bha Aindrea ni bu mhisneachaile 'an labhairt r'a theaghlaich.	
A dhara coinneamh ris an t-Sagart .....	10

## CAIB. III.

Cò-riasanachadh an t-Sagairt agus Aindrea .....	13
---	----

## CAIB. IV.

Mar thoisich aoradh r'a ghnàthachadh ann an teaghlaich Aindrea. Mar thearuinn iad o bhi r'a theine. Cunntas mu dhroch-rùn Sheumais Nòlain do Aindrea .....	28
--	----

## CAIB. V.

Tha teaghlaich Sheumais Nòlain air an iompachadh .....	36
--	----

LEASACHADH.....	42
-----------------	----

AM MESIAH .....	46
-----------------	----



# EACHDRUIDH

MU

AINDREA MAC-ILLE-DHUINN  
PÀPANACH EIRIONNACH.

---

Iarradh iad chum an lagha agus chum na fianuis : mar labhair iad a  
reir an fhocail so, 's ann a chionn nach 'eil solus annta.—ISA. viii.  
20.

---

## CAIB. I.

*An teagamh san robh Aindrea, agus a cheud chòmhradh a  
bh' aige ris an t-Sagart.*

CHAIDH Aindrea a thogail na phàpanach, agus bhuanach e san aidmheil sin gus an robh e dà fhichead bliadhna' a dh' aois, a' làn chreidsinn gun robh gach ni a theagaig an sagart dha fior. Bha e na dhuine tuigseach glic ; ach gus a so 's ann a bha a bha a ghliocas air a ghnàthachadh a mhàin mu ghnothaichibh aimsireil. San aois so theann e ri smaoineachadh co feumail 's a bha diadhachd, agus co aineolach 'sa bha e uime ; agus chuir e roimhe gun deanadh e caileiginn de rannsuchadh mu ni ris an robh a shonus siorruidh an earb-sadh. Uime sin chaith e dh' ionnsuidh an t-sagairt, agus thuirt e ris gun robh toil aige beagan cainnt a ràdh ris. 'Seadh, Aindrea,' ars' an Sagart, "Ciod tha mhiann ort a ràdh ri umsa ?" Cha'n'eil, le'r cead, ach gun robh mi smaoineachadh ged a bha mi gu teoma gleust ann an reic 's an ceannachd, gun robh mi gu h-inbh bhig co aineolach ri mart no ri each ; agus air leam nach math a thig so do Chriosd-uidh. Am bi sibhse co math 's gun d'thoir sibh càileiginn de fhiosrachadh dhomh m' an chùis so ? Thuirt an Sagart ris, tha thu frithealteach air faosaid a dheanamh, agus an àm na\* h airionn, agus tha thu a' d' dhuin' onarach ; ciod tuille tha dhi ort ? Mata, le'r cead, tha nam feoraicheadh aon neach

\* An Comunach a reir nam Pàpanach.

dhiom, c' arson a bhuiinn do'n eagluis choitchionn, cha b' urrainn domh innse dha, mar abrainn a chionn gun robh, m' athair de'n aidmheil sin romham; agus air leam nach 'eil 'an so ach aobhar air bheag seadh. Ach nach aithne dhuit, thuirt an Sagart, gum buin thu do'n *Eagluis Naomh Mhàthaireil*, agus nach 'eil aon Eagluis fhìor eile ann, agus gu bheil gach neach nach huin di nan *neo-chreidich*, agus gu'n leir-sgriosar iad? Is minic a chuala mi sibhs', a' deir Aindrea, ag ràdh sin san tigh-choinneamh; ach mar mi-inhodhail domh fheoraich, an cead libh innse cia mar a shuair sibh am fiosrachadh sin? Aindrea, thuirt e ris, is tu fein an ceud fhear de m' luchd-éisteachd a ghabh riamh de dhàandas a cheist sin a chuir orm, agus cha'n'eil tlachd agam dheth: ach tha do cheist furasd fhuasgladh; Is aithnne dhomb e, a chionn gu bheil an Eagluis ga ràdh.

Cha do thaitinn am freagra ri Aindrea, agus gabh e de dhàandas na thuirt, gu'n cuai e sluagh bu ghlice na e fein a' cur an teagambh nach robh duine na shianuis laghail na aobhar fein; agus gum b' aill leis fheòraich, cionnas a dh' fhaoid a thuigsiunn an i'n fhìrinn a chan an Eagluis m'an chùis so. Bi t' earlas, ars' an Sagart, ciod a their thu, Aindrea. A' bheil fhios agad gu bheil mearachd no mealltoireachd a chur as leth na h-Eagluis dlù air bhi na thoibheum an aghaidh an Spioraid Naoimh? Chuir a chainnt so beagan athadh air Aindrea; ach air glacadh misnich dhà, a deir e, Am faod mi bli co dàna is fhoineachd dhibh, Cionnas a tha sibh co cinnteach nach 'eil an Eagluis ann am mearachd m'an chùis so? Oir tha fios aguibh gur iomchuidh do dhuine bhi eòlach mu ni a tha na h-urrad aige r'a chail no r'a bhuidhinn ris. Fhreagair an Sagart gu stràiceil, m'as aill leat fios fhaotainn air, tuig gun do gheall Criod a bhi maille r'a Eagluis gu deireadh an t-saoghal, agus tha so ga fàgail neo-thuiteamach, 's e sin, eacomasach a bhi ann am mearachd. Tha so freagarach, a deir Aindrea, agus ma bhios sibh co math, 's gun dean sibh sin soilleir dhoimhsa, bithidh mi am feasd tuille toilicht' ann am inntinn. Bha'n Sagart toilichte faighinn cuibhlite dheth co saor-lamhach, agus dli' innis e dha, gun robh gealladh Chriod ri fhaotainn ann an Soisgeul Mhata; agus air dha an gealladh a bhi aig' air mheoghair, dli' aithris e ann an *Laidinn*, mar *thoileacha* do Aindrea. Faodai so uile, a deir Aindrea, a bhi ro chiatach agus math, a dh' aon pi is fios domhsa; ach cha do thuig mis' aon lide dheth. Tba

dearbh fhios agam air sin, ars' an Sagart ; tha sinn faicilleach, chum tairbhe ar luchd-éisdeachd, comas an samhul sin de bhriathraibh a mhíneacha dhoibh a reir mar tha 'n Eagluis a deanamb. Le'r cead, a deir Aindrea, an deoin leibh brigh nam briathra snasmhor foghlumte sin a shoilleireacha dhomhsa ? Is deoin, a deir an sagart, 'se is ciall doibh, gu bheil Iosa Criosd a' gealltuinn a hhi maille ris gach comhairl' a ghairmeas am Pàp, 'an ceann a chéile, gu deireadh an t-saoghal ; gur i chombairl' a bhios an sin an Eagluis, gum bi i gun mhearrachd, agus gum bi gach neach aig am bi bhathais na chuireas an aghaidh a reachdan buailteach do pheanas nan neo-chreideach sa bheatha so, agus gum bi anam tur-thruagh gu suthain siorruidh. Beannuich mis, a deir Aindrea, fo ioghna ris na chual' e, a' bheil gach ni a dh' ainmich sibh anns a bheagan fhocal a labhair sibh ? Tha, ars' esan, agus mòran tuille, nam biodh ùin agams' air innse dhuit ; leis an earrainn so tha sinn coinasach air tosd a chur air gach neach a tha gu neo-stéigheil a' gabhuil orra gu bheil creidimh aca : cha'n urrainn doibh smid a ràdh nan leithsgeul fein. M'as math mo bheachd, thuirt sibh gun robh na briathra sin ann an Soisgeul Mhata ; is aithne dhomh gum bu Naomh mòr Mata, agus 's dearbh leam gu bheil a Shoisgeul math ; ach bu mhiann leam fios fhaotainn ciod e Soisgeul Mhata ? Tha thu, a deir an Sagart, a'ir fàs anabharra liosda. Ma theid thu air t-aghaidh air an dòigh so, cha'n fhaigh mi cuibhte 's tu gu h-oi'che. 'Se Soisgeul Mhata an earrann sin de'n Tiomna-Nuadh a chaidh sgriobhadh le Mata. Na gabhaibh mi-thlachd, a' deir Aindrea, gad a dh' fheòrach-eas mi ciod e an Tiomna Nuadh ? 'Se a th' ann, fhreagair e gu frionasach, an earrann sin de fhocal De, anns a' bheil cunntas mu bheatha agus mu bhàs Iosa Criosd, agus air na theagaing e fein agus a chuid Abstol. Bu chaomh leam, ars' Aindrea, an leabhar sin a leughadh, nam bu chead leilidh innse dhomh c'ait am faighinn e ? Is toileach a bhullichinn sgillinn san là de m' thuarasdal air a cheannach ; ach air leam gun dubhaint sibh nach ann an cainnt na tire so bha e ? Nach mòr am beud nach eadar-theangaicheadh duine foghlumte eigin e, chum feum dhaoine bochda aineolach ! Nan saoilinn gun rachadh agam air a h-ionnsachadh rachainn a dh' fhòghlum na cànmhuinn anns a bheil e air a sgrìobhadh, chum gum bithinn murrach air focal De a leughadh. Cha d' innis an Sagart da gun robh e cheana air eadar-theangachadh ; ach

's ann a thuirt e ris nach robh ann ach baoghaire, agus e ghabhuil mu ghnothach fein, an aire thoirt air obair, agus gun chùram a ghabhuil mu nithibh a bha tuille is àrd air a shon.

Mheas Aindrea gum bu neo-shuairec a bhuin an Sagart ris; ach a chionn gum bu ghnà leis strìochda, ghabh e chead deth; ach san àm cheudna a' cuimbneach air an t-seanachàs a bh' aige ris an t-Sagart.

Bha déigh mhòr aige air an Tiomna-Nuadh a leughadh. Air leis gum bu shòlasach leuga mu Iosa Criosd, agus gun b' fheumail da fios a bhi aige mu na theagaisg e, as a cheart leabhar anns an robh iad air an cuir sios mar dheachd e fein iad! Cha'n'eil farmad agam ris an t-Sagart ach arson fhòghlum. Bha'n smuain so do ghnà na bheachd; agus bhrúadaireadh e san oi'che gun d' fhuair e Tiomna-Nuadh; ach 'nuair a dh' oirpicheadh e flosgladh nach b' urradh e; 's an uair a mhosgladh e sa mhaduinu, bha e co fada uaithe 's a b' àbhuist da.

'S e bhi bualadh a b' obair do Aindrea. Dh' fhòghlum e na òige leughadh agus sgriobhadh, agus air dha deagh mheoghair a bhi aige, b' aithne dha leughadh mar nach b' olc. Bu ghnà leis a bhi 'g obair tric aig duin' uasal a bha sa choimhearsnachd, agus bha cliu a bhi na dheagh fhear obair air. Bha Bhan-tighearna ro chaomhail chaoinnhneil ris na feumaich; agus gu sònraicht ri àm na gainne bh' ann san àm sin, bha i ro-iocdar chum gum biodh lòn aca, ionnas gun do chaombainn i beatha mòran diubh. Ach an uair a chlobhair i air feum a chuirp, cha'd rinn i dearmad air an anamaibh. Thòisich i ma'u àm so air leabhraiche na Tiomna-Nuadh a cheannacli, chum an toirt do bhochdaibh na sgìreachd. Bu nàr leis an t-Sagart fein cur an aghaidh an deagh gliniomh mhatlasiach so, ged a b' annsa leis gu'n gleidheadh i a fiughantas aice fein. 'Nuair a bha Aindrea aon là a' bualadh, thainig a bhean-vasal ud a stigh far an robh e a dh' fheoraich cionnas a bha aon de'n chloinu aige nach robh na shlainte. An deigh dhoibh a bhi tamall a seanachas, dh' fhiosraich i dheth an robh Tiomna-nuadh aige na thigh. Cha'n'eil, le'r cead, thuirt e, ach b' shearr leam gum bitheadh, agus gum b' urrainn domh a leughadh, agus a thuigsinn. Nach d' fhòghlum thu riamh leughadh a dheanamh, thuirt i? Dh' fhòghlum ars esan; ach cha'n aithne dliomh ach beurl' a leughadh. 'S ann am beurl' a tha 'n leabhar a tha mis' ag ràdh, a deir i. Rinn a chridhe gàird-

eachas ris an sgeul. 'Se sin, a deir e a cheart ni a bha uam ! A' bheil aon diubh agaiblì r'a sheachnad? Chaidh i gu' grad chum an tighe, agus thug i Tiomna-nuadh a nasguidh do Aindrea, leis an robh e anabarrach toilichte. Chuir e an leabhar seachad gus am biodh crioch air obair 's an sin dh' fhàlbh e gu sùrdail dhathigh, chum gum biodh dùin' aig' air cnid deth a leughadh air an oïche sin fein. 'S iad briathra Dhe a th' anns an leabhar so, a deir e ris fein. Nach mòr an meas a bhiodh agam air leabhar a sheoladh dhomh mar dh' fhàsainn saibhlir, ach teagaisgidh an leabhar so dhomh mar dh' fhàsas mi saibhir gu siorruidh. C' arson a bha mi co fad aineolach air an leabhar bheannuichte so ? Agus c'arson a bha rùn air an t-Sagart a clumail an cleth orm ? Tha mhiann orm, ge b'i ni a thacharas, trid beannacha Dhe, gun leugh mi e. Air dha bli mar so a' meòraichì ris fein rainig e dhathigh, agus ghabh e cleud chothrom air dol an uaigneas chum a leabhar a leughadh, agus thuirt e, 'Se so leabhar Dhe, a chaidh òrduchadh clum peacaich bhochda, mar tha mise, a sheola do neamh. Mar is e a leabhar fein a th' ann, tha dòchas agam gun neartaich e mi chum a thuig-sinn ; uime sin asluichidh mi air gliocas a thoirt domh gu a thuig-sinn, agus nach gabh mi ann an seadh mearachdach e. Air dha so a ràdh, shleuchd e sios air a ghlùinibh, agus ghuidh e air a mhodh so : "O Thighearna, Dhe néimh agus na talmhuinn ! is creutair truagh, aineolach mise ; soill-sich m' intinn, chum, an uair a leughas mi t-fhocal bean-nuichte, gun tuig mi e, agus gun aithnich mi ciod is àill leat mi dheanamh, chum gun sàbhalar m' anam." Air an oïche sin fein leugh e earrann deth, a thug mor thoileach a dha, agus lean e air sin a dheanamh, gus an do leugh e uil' e. Am feadh a bha e leughadh bha ioglinadh air nach robh e faicinn a bheag de na b' àbhuist an Sagart a theagast dhoibh ; cha robh guth air a phàp, air an \* airionn, air aimheil, air peannas corporra, air lughadh, † mu dheagh thoiltinneas nan naomh, làithibh féille, a' deanamh ùrnuiigh le paidreanaibh, &c. Mo chreach ! thuirt e, An robh mi cluinnntinn nan nithe sin air an searmonachadh rè mo bheatha, mar na h-aon nithe feumail, achi cha'n fhaic mi iomra oirre san Tiomna-Nuadh ? A' bheil an Sagart fiosrach air an ni so ! no'n do chuir Dia cigar na chluais, ag ràdh, nach 'eil fhocal fein fior ? Ge

\* Mass.

† Absolution.

nach b' urrainn Aindrea na *nithe* sin fhaotainn anns an Tiomna Nuadh, fhuair e ann nithe gu mòr a b' fheumaile. Dhrùigh gu sònraichte na teagasgan so a leanas air : A deir Iosa, " Cha'n eil feum aig a mhuinnitir shìlàn air léigh, ach acasan a tha euslan." Seadh, thuirt e, " Tha mi tuigsinn so : mar biomaid nar peacaich, cha bhiodh feum againn air Slanuighear." A ris, " Cha'n ann a ghairm nam firean a thainig mise, ach na peacaich chum aithreachais." O nach sòlasach na briathra sin ! Tha mis' a'm' pheacach ; thainig e ga m' ghairms' am measg chàich. A ris, " Mar so ghrà-dhaich Dia an saoghal co mòr 's gun d'thug e aon gbin Mhic, chum nach rachadh iadsan am mugadh a chreideadh ann, ach gum biodh a bheatha mhaireannach aca." " 'Se dh'eigh Aindrea, ann an deòthas anama, ' se so gràdh da rìreadh ; gu'n cuireadh Dia a Mhac air leithid de ghnothach.'" Ach air dha smaoineach ris fein, " Ghlaodh e mach, mo thruaigh mi ! Ciod am fàth misnich a tha dhomhsa san teachdaireachd so ? Coinnas is fios domh a' bheil cuid agamsa dhi ?" Chlaoidheadh na h-earrannan a leannas e gu goirt. " *Mat. xxv. 46.* " Nach 'eil fhios agaibh nach sealbhaich luchd deanamh na h-encorach rioghachd Dhe ?" *I Cor. vi. 9.* " Bheir Dia do gach aon a réir a ghniomhara. Amhghar agus teanntachd air gach anam duine a ta deanamh uilc. *Rom. ii. 6, 9.* 'Nuair a leughadh e earrannan mar iad sin, thuiteadh e fo thrumadas ; oir bha deagh fhios aige gun robb e fein na pheacach, agus gum bu cheart-bhreitheach do Dhia peannas a dheanamh air le leir-sgrios bith-bhuan. " Och, is duine truagh mi !" 's tric a ghlaodh e, " cò a shaoras mi ?" Leis a bheachd so, air uairibh air àrduchadh le dòchas, agus aig àm eile gu trom-inntinneach le eagail, bhuanaich e rè tamuill.

Faodar an so ainmeacha gun robh aig Aindrea bean, mac, agus dà nighinn ; bha chlann air fàs mòr. Cha robh e na chomas staid inntinn a chumail am folach oirre ; agus is minic a dh' fheoraich iad deth ciod e fàth iomaguin ? An toiseach b' àbhuist da leithsgeul eigin a ghabhail ; ach air dhoibh fàs ni bu déine, theireadh e : " A bhean mo ghaoil, agus a chlann mo cridhe, tha tuille ann an diadhachd na bha sinne a' saoilsinn. Tha'n Tiomna Nuadh ag innse dhomh gur peacach ini, agus 'se sin a tha cur iomaguin orm." Bha spéis mhòr aig a theaghlach air, agus mheas iad an toiseach gun robh e fo chaileiginn de sheachran inntiun, ni a chuir mòr

mhulad orra ; ach air dhoibh fhaicinn gun robh e gu ciallach tuigseach auns gach cùis eille, dh' oirpitch iad misneach a thoirt da, le ràdh. Ged a bha e gu deimhin na pheacach, agus cò nach robh ? gidheadh, gun robh e co deagh-bheusach ri aon duine sa choimhleasachd, gun robh deagh chridhe aige, agus a' sìor dheanamh a dhleasuis. Is lag a mhisneach sin, thuirt Aindrea, iocshlaint fhaoin do choguis leointe ! Mar 'eil am barrachd co'-fhurtachd aguibh ri thoirt domh, leigibh leam ; na cluinneam na bheir an tuille cràidh dhomh ! A' bheil e 'nar comas innse domh mar gheibh mi cuibhte de m' pheacaiddh ? Gu deimhinn tha, a deir a bhean, theirig a ghràidh a dh' ionnsuidh an t-Sagart, dean t-fhaosaid ris, agus bheir e maitheanas duit ann am prioba na sùl. Bheir esan domh maitheanas ! ars Aindrea, 's e tarruing osna throm ; dh' shaodadh sin fòghnadhbh an làithibh m' aineolais ; ach is atharacha maitheanas a tha nis a dh' easbhuadh orm. 'Se Dia a mhain, a ghaoil, a dh' fhaodas maitheanas a thoirt arson peacaiddh ; agus cha mhò tha e'n comas au t-Sagairt maitheanas a thoirt seachad, na tha agadsa no agamsa. Is minic a chual a theaghlach e ri mionnan agus malluchadh, a' guidhe mhalluchd air anam fein agus dhaoin' eile, gun iomaguin ; ach 'nuair a chual' iad e a' cur an t-Sagairt an suarachas, agus a chomas air maitheannas peacaiddh a thoirt seachad, a chur an ag, dhruid iad an cluasan, mu'n cluimeadh iad tuille de chainnt co eagallach. Air an doigh so bha Aindrea air ioma-dhruideadh le còmhrag o'n taobh a muigh agus le eagail o'n leth a stigh.

Ghlac e aon là a leabhar, agus leugh e ann an Soisgeul Luc. xv. 'Nuair a thainig e chum na h-earrainne sin, far a' bheil am mac struidheil ag ràdh, " Eiridh mi, agus theid mi dh' ionnsuidh m' athar, agus their mi ris, Athair, pheacaich mi'n aghaidh fhlaiteananais, agus a' d' làthairse, agus cha'n fhiu mi tuille gu'n goirte do mhac dhiom," thuit e air a ghluinibh, a càramh na h-earrainne so ris fein, ghlaodh e mach gu durachdach a' guidhe arson maitheanas, trid Iosa Criod. Ach air dha sùil a thoirt air an leabhar, chunnaic e na briathra so, " 'Nuair a chunnaic Athair e, ghabh e truas mòr dheth, agus ruidh e, agus thuit e air a mhùineal, agus phòg se e." Agus gu grad chuimhnich e air earrainn eile, " gu'n glanadh fuil Iosa Criod o gach pheacadh ;" mhaothaich a chridhe le beachd a ghabhui air gràdh Dhe, le Mhac a chuir a shaoradh pheacach ; agus le e fein a thilgeadh am buil De

trid Chriosd, mhothaich e sòlas ag éiridh suas 'na chtidhe nach'd fhairich e riamh roimhe.

## CAIB. II.

*Bha Aindrea ni bu mhisneachaile ann an labhairt r'a theaghlaich. A dhara coinneamh ris an t-Sagart. Mar ghnàthaich an Sagart e fein.*

THOISICH Aindrea a nis air labhairt ni bu mhisneachaile r'a theaghlaich na b' àbhuist da, agus chuireadh e'n céill doibh mu ghràdh Chriosd ann e fein a thoirt suas mar éiric arson pheàach. Dh' earalaicheadh e iad gun dearmad a dheanamh air slainte co mòr ; agus le deoir air a shùilibh, sparradh e orra am feum anabarrach a bha air aithreachas a ghabhail a oibribh mharbha, air a cridhe atharachadh, agus air nuadhachd beatha. Bha iad uile, ach a nighean b' òige, ga mheas as a riaghailt ; ach bha ise o thùs ag éisdeachd ris le ro-aire ; agus 'an ùine ghearr thainig i ga ionnsuidh, agus le caomhalachd na gnùis, dh' aidich i gun do dhrùigh na nithe a labhair e gu mòr oirre, gun robh iad na beachd a là agus a dh' oïche, agus gur minic a bhruadair i umpa ; gum bu nàr leatha, rè ùine mhor, sin aideachadh, agus uime sin, gun do cheil i e ; ach gun robh a h-inntinn co iomagaineach, 's gun d'thainig i nis gä ionnsuidh a dh' iarraigd a chomhairle. Bha aiteas mòr air Aindrea sin a chluinntinn ; shoilleirich e dhith co fuemail 'sa bha e gun chìis co cudthromach a chuir air faoineachd, agus dh' oirpitch e gràdhl Chriosd do cheann-cinnidh nam peacach a chuir fa comhair, ag earalachadh oirre gabhail ris a chuireadh agus tighinn da ionnsuidh gun dàil ; nach ruigeadh i a leas aon ni ga cliuthachadh do Chriosd, ach a h-uireas-bhuidh, ni a dheanadh e gu saor suas. An ceann ùine bheag fhuair Aindrea de thoileacha gun d' iompaicheadhl a bhean 'sa mhiac, tre ghràs De, chum na firinn, gu h-iriosal ag iarruidh slainte aig bun e chroinn-cheusaidl ; ionnas nach robh a nis ach a nighean bu shine na theaghlaich gun iompachadh' Bhuaich ise gu h-adhartach a' cur an aghaidh gach comhairl, agus earail a bha e na urrainn a thoirt oirre.

Air an doigh so bha na gnothaichean ; agus bha e nis còrr agus bliadhna o'n a blia cheud chonaltradh aige ris an t-sagart ;

agus bha e gach àm a dh' fhoadadh e a' meoraich air an an Tiomna Nuadh, agus bha e ga thuigsinn agus colach uime mar nach b' olc; agus bha e trid gràis comasach a ghnàth chum freagradh a thoirt maille ri ceannsachd agus eagal, do gach uile dhuine a dh' iarradh air reusan an dòchais a bha ann." Mu'n àm so rinn an Sagart guth aig tigh Aindrea gu fios shaotainn ciod a bha gá chumail air ais o theachd ga shaosaid agus gu bhi aig an airionn. Sa cheud dol a mach, bha sgàth air Aindrea an fhìrinn innse, agusghabh e gne leith-sgeil arson a dhearmaid; ach smaoinich e nach b' ion da nàir a bhi air arson aon ni a dh' fhòglum e o shocal Dhe, agus guin b'e ghnothach aidmheil fhollaiseach a dheanamh gun robh e air iompachadh o na mearáchdan gun robh e roimhe ciontach. Chuir e riomhie an ath-uair a thigeadh an Sagart, gun labhradh e ris gu saor soilleir m'an chùis.

Goirid an diaigh so, rinn an Sagart guth air Aindrea, agus thng e achmhàsan sgaiteach dha arson e dhearmad a dhleas-nais. Ghnàthaich e cainnt smachdail gharg ris, agus thug e mòran ana-gnàthachaidh dha. Ach bha Aindrea air oil-eanachadh le Chriosd, agus dh' fhòglum e bhi *macanta* agus *iriosal* na chridhe, agus air an aobhar sin, gad a bha eagal tràilleil roi'n t. Sagart air fhagail, cha' robh inhiann air cainnt bheadai no mhi-mhodhaile a thoirt dà, ach cho'-riasonaich e gn séimh ris arson a sglàinnhruinn. Ro mhath, ars' an Sagart, bharalaich mi gur ann mar so a dh' éireadh dhuit arson do ro-dhéigh air fiosrachadh. Dh' ionnsuich thu, tha mi tuig-sinn, tàir a dheanamh air a chléir, agus cha'n'eil ni's mò eagal peanais ort. Cha robh fiuthair agam ris ni b' shearr le d' ladurnas a dhol a leughadh na Tiomna Nuadh. Nam biadh tu agam san *Spainnd* no ann am *Portugal*, gheibhinn do chuir ann an *tigh-peanais*,\* leis an dioladh tu arson t-ann-dànochd. Ach anns an rioghachd so, far a bheil saorsa coguis aig gach neacb, agus comas smaoineach air a shon fein,

#### \* Inquisition.

Chum gun tuig mo leughaidearan ciod e an t-ionadelaoidh so, soilleirichidh mi dhoibh ciod e. Is gne de mhòd Eagluis a th' ann, a tha rannsuchadh a mach gach seorsa mearachd, a réir ain beachd-san. 'S ann a dh' òrdueachadh e an toiseach anns an treas-linn-deug, le Eagluis na Roimhe, agus bha e air a ghabhail a stigh do chuid de rioghachdan, agus ann an cuid eile, cha robh. Theirear ri àrd-luchd-riaghluidh a Mhòid so, "Luchd raunsuich gach easaonachd mhi-chreid-each," agus tha tigh aca ris an abrar *Luchuirt Ionad a chlaoidh*, far an cum iad mòd air muinntir a mheasas iadsan ana-creideach.

ionnas gu bheil ar cumhachd-ne ann an cor fior chunnartach. Gun tàmailt air bith a thoirt duibh, thuirt Aindrea, tha mi toirt taing do Dhia arson gu bheil mi thàmh ann an rioghachd far am faod gach neach roghainn a dheanamh air a shon fein ; cha mhò tha mi meas gu'n cuir e mòr urram air creidimh gur eiginn peannas a ghnàthacha mu'n cumar daoine ris. Chuir an terrachad so, a labhair an flirinn, air mhodh eó séimh, an Sagart ann am feirg inhòir ; ionnas gun do dhi-chuimlinich e a mheasarachd a bhuineadh ga dhreuchd, agus air togail a bhata os cionn a chinn, bhagair e grad pheanas a dheanamh air Aindrea, nam biodh a chìr' aige labhairt tuille air an doigh sin. Bha duilichinn mbòr air Aindrea, a chionn an Sagart a dhol cor mòr air aimhlireidlì ; oir leis mar leugh e'n Tiomna Nuadh, thuig e mar bhuineadh do shear-monaich an t-Soisgeil e fein a ghiulan, agus bha e na thosd gus am fac' e gun do leag e làmhlì, agus gun do thraoigh corruiich an t-Sagairt. Labhair e ris air a mhodh so. An e ur barail, le'r cead, gur ann le shamhuil so de ghiulan a mholas sibh an creidimh air a bheil sibh nar ministeur ? No bheil dùil agaibh gun d' thoir a leithid sin de ghnathachadh mis air m'ais ? Ma tha, tha sibh air ur mealladh. 'S e rinn an t-atharrachadh orm gun d' fhuair mi mothachadh gun robh mi ann am mearachd, a tha toirt na h-urrad oilbheum dhuibse : agus cha dean ach am barrachd dearbhaidh air an taoibh eile mo thoirt air m' ais. Ma tha fiuthair agaibh drùghadh ormsa, thigibh a steach do m' thigh, agus leigibh leam na th' aguibh ri ràdh a chluinntinn, agus ma bhitheas e a reir focail De, cha bli mise do-chomhairleachaidh.

An uair chaidh cosg air fearg an t-Sagairt, bha nàir air

Tha seirbhisich aca fôdhpa ris an abair iad *maoir*, a chuireas an òrdugh an gniomh, a réir mar chi sibh an tighibh mòid eile. 'Nuair a shaoilear neach a bhi na ana-creideach tha aon de na maoir sin air a chur ga ghlaicadh. Tha 'n t' òrdugh so air a ghrad chuir 'an gniomh gu h-ullamh diòmhair, ionnas gu bheil an duine air iunndrain gun fhios aca c' ait an deachaidh e ; agus thachair e aon uair gun deach fear, a thriuir mac, agus a thriuir nighean, a bha san aon teaghlaich, a ghlaicadh, agus an cuir do phriosan an Ionaid-chlaoidh, gun fhios aig a h-aon diubh gun robh càch ann, gus an d'thainig ceann seachd bliadhna, 's gun deach an cur fa sgaoil.

Anns a phriosun dhòineach sin tha'n neach a chuirean ann air a chlaoidh agus air a riasladh gu goirt, gach alt air an cur a' tàdh a chéile ; fheoil air a reubadh agus air a beubanachadh gu sgreitidh. Mar iompaich so e, tha e 'n sin air a liuthairt thairis do na b-uachdarain, chuin a losgadh le teine.

arson a ghiulain : 's an uair a choimeas e a ghnàthacha neo-chuanda fein ri ciùineachd Aindrea, bha e gu mòr air irios-lachadh na bheachd fein, air chor 's gun robh e déigheil air falbh gun dol a stigh ; ach smaoinich e aige fein, Ma dh' fhalbhas mi, agus gun seachain mi a chùisa cho'riasonachadh ris, bithidh buaidh nìhör aig' a'm' aghaidh, agus innsidh e do gach neach sa choimhearsnachd gun d' fhartluich e orm ; agus leis sin mi-mheas a' tharruing orm o'n chuid eile dheth 'n t-sluagh. Osbarr, cha'n'eil ann ach duine truagh aineo-lach, agus cha bhi e cruaidh orm, mar d' thoir mi mothachadh dha, a chuir gu tosd. Air leis, le aontacha r'a thairgse, gu'n rachadh di-cluimhn air co neo-iomchuidh 'sa throid e roimhe, agus gun d' thugadh e dearhhadh air a shuairceas agus air irisleachd. Leis a bheachd sin chaidh e stigh, agus shuidh e taobh a ghealbhain ; agus theann muinnitir an tighe ga'n còir a dh' eisdeachd ris na theireadh iad.

---

### CAIB. III.

*Co'-chainnt an t-Sagairt agus Aindrea.*

NACH dàn' au gnothach dhuitse, a deiran Sagart, teanna ri co'-riasunacha riumsa mu chreidimh, is urrainn *Laidinn* a leugh-hadh agus a sgriobhadh, agus a tha eolach air na nitibh sin ?

*Aindrea.* Is eigin gum bi an ni air a' bheil co'choir aig gach duine, na ni soirbh r'a thuigsinn. Ma tha rùn ormsa mìraodaich a thomhas, agus gun slat-thomhais agam, 's eigin domh a ghabhail air thuairmeas, no air focal neach eile ; ach ma tha slat-thomhais agam, tomhaisidh mi 'n t-aodach, agus 's beag am foghlum a dli' fheumas e gu thuigsinu cia meud a th' ann.

*Sagart.* Ciod a tha thu cialluchadh le sin ?

*Aind.* Tha gun do bhuilich Dia orm inneal-tomhais gu fios a thoirt doinb, agus gur còir dhomhs' an t-inneal sin a ghnàthachadh, agus saoilidh mi nach feum e na h-urrad fhòghlum 's a tha sibhs' a' smaoineachadh.

*Sag.* O ho ! tha mi nis ga d' thuigsinn : 'si mo bharail gu bheil thu cialluchadh, gun d' thugadh dhuit na Scriobtuire chum na nithe sin a thuigsinn, agus gu bheil gach ni r'a thomhas leis an riaghait sin. Nach e sin a th' ann ?

*Aind.* 'Se, gu deimhin.

*Sag.* Ach an d' thug thu fainear nach 'eil an leabhar sin ach a mhàin arson muinnitir fhògħluimte, agus nach 'eil gnoth-ach sam bith aig do leithidse ris?

*Aind.* Is cuimline leam gur tric a dh' innis sibh sin domh, m' an do leugh mi e; ach an uair a leugh mi e, 'sa ghuidh mi arson gràs chum a thuigsinn, mhothaich mi gun robh e so-dheanamh. Cha'n-eil mi meas gur urrainn domh gach earrann deth a mhineachadh; cha mhò a shaoileas mi gur comasach do'n duin' is glic' air thalamh a dheanamh; ach tre għräs Dhe, tha dòchas agam gun do thuig mi na tha feumail gu m' dheanamh glic chum slainte.

*Sag.* Gu deimhin, is tu aon de na daoin' is beag-naraich a chunnaic mi riamh, a' smaointeachadhi gur urrainn duitse na Seriobtuir' a thuigsinn, an uair a tha daoin' oileanaichte fògħluimte a' meas na ghnothach cruaidh am inċineachadh!

*Aind.* Cha'n nàr leom aideacha, le'r cead, nach 'eil mi ionnsuichte. Ach theagħi ma bheir sibhse fainear do na rannaibh a leanas, a chunnaic mi san Tiomna Nuadh, nach leig sibh na h-urrad chudthrom air bhi oileanaichte. Tha ar Tighearna beannuicte ag ràdh, "Bheiream buidheachas duit, O Athair, a Thighearna nèimhe agus na talmhuinn, arson, gu'n d' fholuich thu na nithe so o dhaoinibh *cagnaiddh agus tuigseach*, agus gu'n d' fholloßiħiħi thu iad do *leanabaibh*."

*Mat.* xi. 25. A ris, "Mar iompaicħear sibh, agus mar bi sibh mar *leanabana*, nach dtheid sibh a steach do rioghachd nèimhe." *Mat.* xviii. 3. Tha 'n t-Abstol Pòl ag ràdh, "nach iomadh iad *dhibh a ta glic* a thaobħi na feola, a tha air an gairm." *1 Cor.* i. 26. Agus a ris, "ma shaoileas neach air bith 'nar measg e fein a bhi *glic* san t-saogħal so, biodeh na amadan, chum 's gum bi e glic." *1 Cor.* iii. 18. B' urra dhomh iomad earrann eile de'n ghnejha chendna a chomħarach-adh a mach; ach saoilidh mi gur leoř iad sin, a noċċadah nach do mheas ar Slanuigħear agus na h-Abstoil, fògħluu co feumail 's a tha mòran a' deanamh. A thuilleadh, is aithne dħuibħi, co math 's is aithne dhomhsa, għor ann a bhuiġlich ar Slanuigħear beannuicte, Iosa Criod a chuid bu phailte ga ùn' a' labhairt ris na daoinibh neo-inbheach; agus gu bheil a shearmoinean do na bochdaibh air an aithris san *Tiomna Nuadh*. Cha'n fhaic mi, mata, aon aobhar c'arson nach tuigeadh duine bochd *Eirionnach* cainnt ar Tighearna, co math ri *Iudhach* bochd; cha mhò a chi mi cionfath air

bac a chur air na *h-Eirionnaich* bhochda o leughadh an ni a inheas esan bu ghlice na sinne uile, iomchuidh gu'n cluineadh na *h-Iudhaich* bhochda.

Bha'n Sagart, aig nach robh fiuthair ri leithid sud a chluinntinn, fo chaileiginn de imcheist; agus thuig e nach b' urrainn da a fhreagradh. B' eigin da, uime sin e fein a dhion fo neo-thuiteamachd na *h-Eagluis*, agus a ràdh, gun do chum an *Eagluis*, 'na gliocas, na *Scriobtuire* o bhi air an leughadh. Cha robh sgoinn aig Aindrea ga shamhuil sin de argumaid agus thuirt e nach robh tuille feumail a thoirt dearbhaidh dha nach bi an *Eagluis* as leth an robh 'n Sagart a' tagradh, idir an *Eagluis* fhior. Cha mhòr nach do chlaoidh so foighidinn an t-Sagairt, ach air dha a chuimhneachadh mar bhrùchd e mach ann am feirg roimhie, chum e air fein, co math 'sa dh' fhaod e, ag ràdh, o 'n bu deoin leis na *Scriobtuire* a bli aige gum faodadh e sin; agus gun nochdadh esan da as na *Scriobtuire* sin, gun robh gach ni nach bu chaomh leis m' an *Eagluis* Naomh Choitchionn, air an òrducha le Dia.

*Aind.* Ma ni sibh sin, a deir Aindrea, geallaidh mise gum pill mi gu grad d'a *h-ionnsuidh*.

*Sag.* Thig mata, leig leam a chluinntinn na th' agad ri ràdh na *h-aghaidh*?

*Aind.* Tha mi meas gu bheil i gu *h-iomlan* mi-fhalluin; ach 's iad so a leanas a chuid is fior àraidh a tha mis a' cur nan aghaidh, an *Airionn*—*Aidmheil*, *Peanas*—agus *Lughadh*—*Ungadh*—*Staid mheadhonach*—*Urnuigh ri Naomhaibh*—agus a bharr orr' uile, *Toillinneas dhaonna*!

*Sag.* Tòisicheaimaid leis an *Airionn*—'S i'n *Airionn* an t-seirbhis sin far a' bheil dùilean an arain agus an fhion air an coisrigeadh leis an t-Sagart, agus air an tionndu gu fior chorpa, agus fuil Chriosd, agus air an toirt suas do Dhia mar iobairt neo-f huilteach arson peacaidh. Cha ruig thu leas ach amharc san Tiomna Nuadh, air leat a th' air do chrann co mòr, agus chi thu gun dubhaint Criosd m'an aran, "'S e so mo chorpa" agus m'an fhion, "'S i so m' fhuil." Ciod is urrainn duit a ràdh an aghaidh cùis a tha co soilleir?\*

\* 'Nuair a chuirear na Pàpanaich chuige le ràdh c'arson nach 'eil iad, a réir samhladh Chriosd, a' toirt a chupain do'n luchd-comunaich co math ris an aran, their iad gum b'abstoil, agus nach bu neo-chleir, iadsan a bha maille ri Criosd; agus air an aobhar sin gu bheil an gnàthachadh-san a réir mar riinn esan. Is math a dh' fhaodar a smaointeachadh nach robh a shamhuil sin de eadar-dhealachadh, mar

*Aind.* Tha mi 'g aideacha, le'r ceud, gum faighear na ceart bhriathra sin ann mar a thuirt sibh. Ach gu ma toil libh a thuirt fainear, nach'eil gach focal r'a ghabhail dìreach san t-seadh 's an labhrar e. Tha'n t-Abstol Pòl ag ràdh

tha na Pàpanaich a' meas, eadar a chléir agus an luchd-éisdeachd, ri linni nan abstol. Tha cheisd furasd fhuasgladh. Faicibh 11 Caib. de'n cheud Litir chum na'n Corintianach, agus chi sibh an sin an t-Abstol a' labhairt air a mhodh so, "Co minic 'sa dh' itheas sibh an t' arran so, agus a dh' olas sibh an cupan so, tba sibh a' foillseachadh bàs an Tighearna gus an d' thig e;" agns a rìs, "Ceasnaicheadh duine e fein, agus mar sin itheadh e de'n aran sin, agus òladh e de'n chupan sin." A nis dh' fheoraichinn a cheist shoilleur so. An robh ach cleir uile ann an eagluis Chorinth? Mar robh, bu chùis iongantach e, agus ma bha, cha'n'eil cionfath iomchuidh air a chupan a cbumail o'n luchd-éisdeachd. Ma theirear gu bheil cumhachd aig an eagluis an t-atharracha sin a dheauamh; 's e mo fhreagradh-sa, ma's deoin leis an Eagluis dubh a ràdh ri geal, their mise geal ris gu là mo chrìche. 'Se so mar tha chùis.—Tha'n cupan a chumail o'n t-sluagh, air tùs, chnm urram a chuir air a chléir; oir ann an Eagluis na Roimbe, cha'n'eil miagh idir do'n t-sluagh, acb tha na sagairt ann an àrd mheas; agus san dara h-àite, a chumail suas an teagaisg mbeallta sin, Gu bbeil fior chorpa agus fuil Chriosd anns a chomunach.

Tha'n t-iomlan de cbo'-riasunacbeadh nam Pàpanach air a stéigh-eachadh air cailunt ar Slannigh'ear a ghabhail san t-seadh san deach an labhairt. 'S e so mo chorpa, agus 'Si so m' fhuil: ach faiceamaid ciod gus an treoraich so sinn: A deir e, 'Se 'n cupan so an Tiomna-Nuadh. Ma ghabhas sinn iad direach mar chaidh an labhairt, 'S e'n cupan, agus cha'n e am fìon a bha ri òl; oir cha'n'eil e'g ràdh, "Se 'm fion so an Tiomna-Nuadh ann am fhuilsa," ach "an cupan so, &c. Faic mata ciod an fhoineachd gus an toir a cho'-riasunacha so daoine! 'S eiginn duinn air tùs a chreidsinn gur cupan am fìon, 's an sin gur fuil am fìon, agus a cheart fhuil sin a bha gu siubhlach a ruidh feadh chuisse duine beo, a bba san àm a làthair, agus na shuidh aig a bhord air an robh an cupan; agus gun robh an ceart chorpa sin na shìneadh air an àm sin air a bhord, ann an dreach mir arain!!! Nach 'eil sinn a' faicinn annta-san a tha creidsinn a leithid sin, dearbhadh soilleir gun do cboleionadh an fhàisneachd sin, "Air a shon so, ('se sin, a chion nach do ghabh iad ri gràdh do'n fhirinn,) cuiridh Dia treun oibreachadh meallaidh d' an ionnsuidh, ionnasgu'n creid iada bhreug!" 2 Tes. ii. 11. Cuiridh mi sios naigheachd bheag san àite so, a ni, faodaidh e bith, tuille drùghaidh air cuid de dbaoinibb, na ni an arguin is ro-dheas-chainntiche.

Bha duin' uasal de mhuinntir eagluis na Ròinhe dol a phìosadh bean uasal de'n cbreidimh Ath-leasachte, agus rinn iad suas eatorra fein nach biodh connsachadh sam bith aca mu thimchioll an creidinibh. Rè bhliadhnaichean an déigh dhoibh pòsadh bha iad ro aon-sgeulach; ach an ceann àine àraighe, bha'n sagart a bha tadhall an tighe, le futhair nach bu deacair a bbean-uasal iompachadh, a' toirt teann oirp

mu'n charraig as an d' thainig uisge chum nan Israeileach, "Gum b'i a charraig sin Criod." 1 Cor. x. 4. Ach 's cinnteach gum b' fhaoin a smaoineacha gum b'e 'm meall cloiche sin Criod; gidheadh tha cheart stéigh againn gu sin a ràdh, 's gur e'n t-aran agus am fion san airionn fior chorpa agus fuil Chriod. Cha'n-eil mis a'm' dheagh sgoileir, ach tha tuigse nàduir ag innse dhomh, nach 'eil briathra ar Slan-uighear r'an tuigsinn air doigh a bhiodh 'an aghaidh nàduir. A nis, le'r cead, ma smaoinicheadas mi gu bheil na briathra sin a' cialluchadh gu bheil an t-aran agus am fion sin a' fàs nam fior fheoil agus nam fuil, 's eigin domh a bharalachadh gun robh earrann de chorpa Chriod air a chuir air a bhord, an déigh dha an t-aran a bheannachadh, ged a bha a chorpa san àm cheudna gu slàn fallain; no ann am briathraibh eile, gun robh a chorpa gu h-iomlan air atharrachadh as an ionad san robh e, am seadh nach do ghluais e as. Oir ma deir e, "Se so mo chorpa," agus gu bheil e dìreach r'a tuigsinn san t-seadh sin, an sin 's e chorpa *uile* a bh' ann, agus cha'n earrann idir dheth, a dh' fhàs an riochd an arain. A rìs, 's eigin domh a chreidsinn gun d'fhàs criomag arain, nach cudthromaic leth ùnnsa, na ni a chudthromaic iomadh clach. Osbarr, 's eigin domh a chreidsinn gu bheil an ni a tha cosmhuil ri aran, a' laimhseacha mar aran, agus a' bhlasad inar aran, calg-dhireach an aghaidh sealà mo shùl, mothach-

air aidmheil a mholadh gu mòr dhi. Rinn còran a chliuthachadh teagast\* a bhrigh-atharrachaidh, agus dh' fhàs e ro dhraghail do'n mhnaoi le meud a liosdachd. Smuaintich i cionnas a gheibheadh i bhi cuibhte dheth; bha i aon là mar gum biodh i dlù do ghéilleab, agus glieall i gun rachadh i'n t-ath-latha chum na h-airionn maille r'a fear, nan ceaduicbeadh iad di fein an† t-abhlàn a dheasachadh. Dh' aontaich an sagart gu grad ris an taigse, air ghaol a faotainn air a b-iompachadh. A réir inar thuirt i chaidh i do'n Tighchoinneamh maille r'a fear, agus an déigh do'n t-Sagart an t-abhlàn a thug i leatha a choisrigeadh, dh' fheoraich i gu saor soilleir de'n t-Sagart, an robh e nis da rireadh air a thioundadh gu fior chorpa Chriod? Fhreagair e gu neosgathach, *Gun robh an t-iomlan de'n aran air a thionndadh gu corp Chriod, agus nach robh a bheag de'n ghne a bh' ann roimhe, mar aran, a nis ann.* Ma tha sin fior, a deir ise, faodaidh *tus* itheadh gun sgath gun eagal; ach air mo shon *fein*, cha deoin leam beantuin ris, oir rinn mi suas e le puinnsean laidir. Ghlac uabhas an Sagart ris na tbachair, agus gun fhiu-hair aige ris, ach cha chuireadh e a bheatha aon an cunnart arson teagast a inbol e co dùrachdach mar lan fhiriun. Bha'n duin' uasal air a bhualadh co mòr leis na chun-naic e's nach deach e riabh tuille chum na h airionn.

\* Transubstantiation.

† Wafer

adh mo làmhl, agus blas mo bheoil, gur e da rìreadh feoil agus fuil a th' ann. Agus fa dheireadh, gur eiginn domh a chreidsinn cùis is cruaidhe na sin uile, gur ann a tha luchd muinntir ar Tighearna air am beathachadh le lòn aimsireil an ionad lòn spioraduit.

*Sag.* 'S e sin breith a thoirt le mothachadh, agus ni h-ann le creidimh.

*Aind.* Le 'r cead, nan abradh ar Slanuighear, Cha 'n 'eil so na aran ni 's faide, ach tha e gun teagamh air a chaochlla gu brìgh mo chuirp, ged a tha coslas arain do ghnà air; b'e dleasnas nan deisciobuil a chreidsiùn, a dh' aindeoin an dearbh bharail; ach leis mar nach do shioilleirich e a chùis, cha 'n 'eil mi ni 's mò r'a shaoilsinn gur ann ann am fior bhìadh nam briathran a labhair e, no 'nuair a thnirt e, "Is mis' an dorus," no "Is mis' an t-slighe." Tha e air innse dhuinn gun do thionndaidh ar Tighearn uisce gu sion aig cuirm bainnse: ach cha d'thug e dhoibh deoch ann an uile dhreach agus buaidh uisce, agus innse dhoibh, gu 'm b' fhion a bh' ann. 'S an uair a thog e Lasarus o na marbhaibh, bhuilich e air gach coslas agus buaidh a bh' air duine beo; ach cha d' iarr e air a dheiisciobuil a chreidsinn gun robb Lasarus, am feadh a bha e na shìneadh anns an uaigh, as eug'ais comas gluasad, no samhladh air bli bed, na fhior dhuine bed, ag imeachd ma 'n cuairt, a labhairt agus a' deanamh niar dhaoin eile. Nam b' ann de 'n ghne so a bhiodh a mhiorbhuile, is tearc iad, mar mo bheachd, a bhiodh air an aomadh chum a leantuinn. A thuilleadh, thug ar Tighearna soilleireachd dhuinn air gach earrainn de 'n ghne so, 'nuair tha e 'g ràdh, "Is spiorad, agus beatha na briathra tha mi labhairt ribh. 'S e 'n spiorad a tha beothachadh, cha 'n 'eil tairbhe sam bith san fheoil. Os barr, Tha ar Tighearn ag ràdh, *Deanaibh so mar chuimhneachan ormsa*; a tha nochdadhbh dhomh, gur e bha na bheachd gun d' thugadh an t-Suipeir so 'n ar cuimhne na dh'fhuiling e arson a shluagh. Ach an déigh so uile, ceadaichibh dhomh dà cheist fheoraich dhibh m' an chùis so.—'S e cheud ni, C'ait am faigh sibh, ann an giulan ar Tighearna air an àm so, aon ni mar ni na Sagairt 'an àm na h-airionn iobradh? Tha mi 'g aideacha gu bheil an caochladh mòr a th' eadar mar ni sibhse anns an tigh-choinneamh, agus na tha mi leughadh uime anns an t-soisgeul, a' cur mòr iognadh orm. Seadh, le'r ceud, cha mhòr nach saoileadh coigreach a thigeadh a stigh gur ann a

ha sibh ag aithris earrann de chluiche, mar thoileachadh ris n luchd-éisdeachd, seach a' toirt aoraidh do 'n Dia sin ga'n oir seirbhis a toirt ann an spiorad agus ann am firian. 'Si cheist eile a dh' fbeoraicheas mi—Ciod a choir a th' aguibh air an fhion a chumail o 'n luchd-éisdeachd? Oir dh'aithn' san a dh' iarr air a dheisciobhuiibh an t-aran a ghabhuit, iad a ghabhuit an fhionna mar an ceudna.

Bha an da cheist gu math draghail do'n t-Sagart; agus 'se gach ni a bh' aige ra ràdh, gun d' òrduich an Eagluis e, agus gum b' eiginnu da bhi ceart. Ach chuir Aindrea roimhe an Tiomna Nuadh a ghabhuit mar a riaghait, agus cha ghéill-eadh e ann an aon phonc, mar deanta gu soilleir a mach dha e o fhocal De.

Dh' innis an Sagart dha gum bu bhurraidh, tagluinneach, draghail e; agus nach cuireadh deagh Chriosduidh air bith ag nach b'e fior chorpa agus fuil Chriosd a bh' ann; uime sin, dh' iarr e air an t-ath ni a bba e cur na aghaidh ainm eachadh.

*Aind.* Their sibhse ri'r luchd-éisdeachd, gu bheil e fiach-acht orra iad fein shaosaid ruibh, agus peanas a shònachadh dhoibh arson an ciontaidh, agus an sin maitheanas a thoirt doibh.

*Sag.* Tha sin uile fior; cha do chuir fior Chriosduidh riamh an ag e.

*Aind.* Bhithinn 'nar comain nam feuchadh sibh aon ni san Tiomna Nuadh a tha 'g àithne sin.

*Sag.* Is rèidh a ni ma sin. "Ge b'e air bith iad d' am maith sibh am peacaidh, tha iad maithe dhoibh; agus cò air bith iad d' an cum sibh am peacaidh gun mhaitheadh, tha iad air an cumail." *Eoin* xx. 23.

*Aind.* A' bheil sibhse cinnteach, le'r cead, gu bheil sibh a làn-thuigsinn nam briathra sin? Agus am faod sibh a creibidsinn, gum faigh, le ùghdarris an fhocail so, gach sagart comas àithne ga shluagh aidmheil a dheanamh ris, e shùnracha peanas doibh, agus an sin maitheanas a thoirt doibh? Gabh-aibh mar shamhladh sagart L. ann an sgìreachd N. duin' is minic a fhuaradh na shìneadh air an rathad-mhòr, air mbisg; no idir sagart eile M. ann an sgìreachd O. a tha a chaithe-beatha ro-mhi-stuama; an abair sibh gu bheil na daoine sin iomchuidhair maitheanas a thoirt arson peacaidh do chiontach? Cha 'n 'eil iad, ma tha mo leabhar-sa ag innse na fìrinn, 's ann a tha an feithide sin de dhaoine, eadhon, ged is sagairt

iad, ma bhuanachas iad gun iompachadh, airidh air an tilgeadh anns an loch a tha dearg-losgadh le teine agus pronusc. • Ach an déigh sin uile, c'ait a' bheil faosaid ri sagart air ainmeachadh 's na Scriobtuiribh ?

*Sag.* Tha 'n t-Abstol Seumas ag ràdh, "Aidichibh ur lochdan."

*Aind.* Tha ioghnadh orm gu bheil sibh a' creidsinn gur e sin brigh nam briathra. Ma ghabhas sibh a chuid eile de'n earrainn, tuigidh sibh ciod a tha 'n t-Abstol a' cialluchadh. — "Mo bhràithre, aidichibh ur lochdan do chàch a chéile ;" o bheil e soilleir nach robh an t-Abstol a' cialluchadh a bheag coltach ri aideachadh do Shagart. Agus c'ait a' bheil còir air a thoirt duibh san Tiomna Nuadh air *peanas* a leagadh air ur luchd-éisdeachd ?

*Sag.* Bha mi smaoineacha mar thachair ; leig thu ris e anis. Cha chaomhl leat smachdachadh càirdeil na h-Eagluis ; agus 's e sin an cionfath mu nach toigh leat i.

*Aind.* Is fad a ghabh e uaith sin ; oir riamh o leugh mi 'n Tiomna Nuadh, tha mo ghiulan gu tur air inùghadb, ionnas, tre ghràs De, nach 'eil mi, mar bu ghnà leam, air mo thoirt thairis do 'n pheacadh ; uime sin cha b'ion domh eagal a bhi orm, de m' thaobh fein, arson ur peanais ; ach tha toil agam fhaicinn c'ait a' bheil ur barandas air a shon o fhocal De ?

*Sag.* Nach do leugh thu na thuirt an t-Abstol Pol. "A shamhail sin de dhuine a thoirt do Shátan chum sgrios na feòla, chum gu'm bi an spiorad air a shaoradh ann an là an Tighearn Iosa." 1 Cor. v. 5.

*Aind.* Tha Pòl a' nochda ciod a bha e cialluchadh leis na leanas ; "Uime sin," tha e 'g ràdh, "cuiribh air falbh an droch dhuine sin as ur meadhon fein." 1 Cor. v. 13. O bheil e, air tùs, soilleir gu bheil an Sagart ann am mearachd, 'nuair a tha e gabhail air fein an ni a sheol an t-Abstol do Chomunn nan Criosdui'ean a dheanamh ; san dara h-àite, 'nuair a bheir e air duine peanas a dheanamh air a chorp fein, tha e deanamh ni nach buineadh dha ; a chionn nach i'n àithne, thoir orra peanas a dheanamh, ach, Cuiribh air falbh a shamhail sin de dhuine as ur measg.

*Sag.* Tha peanas na smachdacha feumail, agus tha e freagarrach do chrìch àraighe.

*Aind.* Tha e do'n Chlèir ; a chionn gu bheil fiamh air an t-sluagh rompa, agus a toirt orra tuille eagail bhi aca roi'n

t-Sagart na bhios aca roi Dhia fein ; agus tha so soilleir o iad a bhi bristeadh àitheanta Dhe gach la ; ach 's eiginn iarrtas an t-Sagairt a dheanamh air gach aon chor. Is cuinhne leam a bhi aon uair air mhisg, agus cha d'rinneadh orm ach peanas ro bheag ; ach chaidh mi uair eile a dh'éisdeachd searmoin, nach d'rinn sagart, ach mheas mi ro mhath i ; thug sibhse orm dol timchioll an tighaoraidh air mo dhà ghlùn ; agus leag sibh orm ioma peanas eile, a bha mi co socharach 's gun do striochd mi dhoibh. A nis, le'r cead, am bu mhò a chiont dol a dh'éisdeachd deagh shearmoin na bhi air an daoraich ? Cha b' sheadh ; ach bha mi dhol ann cosmhuil ri mi smaoineach air mo shion fein, ni a mheas sibhse mar am peacadh bu mhò a dh'fhaodainn a chur an gniomh ; ach leis a mhisg cha do bhris mi ach aon de àitheantaibh Dhe, nach do thirùigh air 'ùghdarras na Cléire. Nach 'eil e, uime sin, soilleir gu bheil peanas air iocadh ni's mó mar thoileachadh do'n Chléir na chum cosg a chuir air peacadh ? Agus nach ann a tha e chum gum bi 'm barrachd sgàth aca roi'n t-sagart na gu'n coimhead o chiontachadh 'an aghuidh Dhe ! Tha sibh ag ràdh gu bheil peanas feumail ; ach cionnus a thachair sin ! Ciod is urrainn duibh a dheanamh leis ? A'bheil sibh comasach air ur sluagh a chumail o pheacanna follaiseach gràineil ? Tha fhios agaibh nach 'eil ; 's urrainn duibh a thoirt orr' an Carbhus a choimhead, no latha fèill a ghleidheadh ; na faodui sibh an cumail o dhol a dheanamh ùrnuigh maille riusan ris an can sibh neo-chreidich ; ach cha'n urrainn dhuibh an cumail gun bhi air mhisg, no mi-stuama no miniarach ; c'ait an sin a bheil feum nar smachdachadh ? Agus arson ur *maithcanas*, ciod am feum a th' annsan ? Ma bheir Dia maitheanas duinn, ciod am feum a th' agaínn air maitheanas an t-sagart ? Agus mar deonaich esan maitheanas duinn, cha'n'eil maitheanas an t-sagairt comasach air ar saoradh o'n pheanas a thoill ar peacaidh.

*Sag.* Tha mi 'g innse dhuit, mar thuirt mi roimhe riut gur ùmaidh ro mhòr thu ; oir shocraich an Eagluis a chùis sin fada m'an d'rughadh tu fein na mise ; agus faodai tu co math oirp a thoirt air stèigh an domhain a charachadh, ri neo-thuiteamachd na h-Eagluis a chuir bun os cionn.

Smaointich Aindrea gum b'shearr an airidh focal De air ainm a bhi *neo-thuiteamach* na an ni ris an dubhaint an sagart an Eagluis ; agus, mar chuir e roimhe nach ceadaicheadh e aon lide nach gabhadh dearbhadh o shocal De, cha b'urrain

doibh a bhi aon-sgenlach ma'n chùis so ; agus mar sin b'eiginn doibh fhàgail, agus teannadh ri aon eile ; agus 'se sin an *ola bhàis*, no an corp ùngadh le ola leisan t-sagart ùine ghearr roi'n bhàs.

*Sag.* M'an ni so, cha'n fhaod connsachadh a bhi uime ; oir tha'n t-Abstol Suemas ag ràdh gu soilleir, " Ma tha neach air bithi tinn 'nar measg, cuireadh e fios air seanairibh na h-eagluis ; agus deanadh iad ùrnuigh os a cheann, 'ga ùngadh le h-ola ann an ainm an Tighearna." *Seum.* v. 14. Ciod a their thu ris sin ?

*Aind.* Le'r cead, their mi so ; nach d'ainmich sibhse achi cui'd de'n earrainn, leis a'bheil sibh a' cumail na tha'n t-Abstol a' cialluchadh as an-sealladh. Tha e 'g ràdh, " agus *slan-uiscidh* ùrnuigh a chreidimh *an t-euslan*, agus *togaidh* an Tighearn *suas e* ; agus ma rinn e peacanna, maithear dha iad." Ge nach 'eil mis a'gabhuil os laimh a chùis a làn thuigsinn, tha mi faicinn ni 's leoир a tha feuchainn domh gu bheil sibhse ga ghabhuil ann an seadh mearachdach. Ungaidh sibhse duine ma shaoileas sibh e blii dlù air a bhàs, chum gu'n gabhar a steach do neamh e. Cha'n fhaod iad mìr bìdh itheadh an diaigh so a dheanamh, agus tha cui'd a' dol gu bàs leis a ghorta. Faodai leanamh fhaicinn gur ann a tha'n t-Abstol a'labhairt m'an duine thinn a bhi air a thogail suas an déigh dha bhi air ùngadh le ùrnuigh a chreidimh ; air chor's gur da ni eadardhealaichte ùngadh an Abstoil agus ur n-ùngadhsa. Is cuimhne leamsa, 'nuair a shaoileadh gun rachainn eug o chionn chùig bliadhna, gun do chuir mi fios oirbhse le mòr chabhaig, chum gun rachadh m' ùngadh, a 'saoilsinn gun rachainn do ifrinn mar rachadh deas-ghìnàtha na h-Eagluis a chàramh riùm. Cha robh 'n leab' air an robh mi a'm' luidhe ni bu neo-mothachaile mu dhiadhachd na bha mise san àm sin ; gidheadh co luath 'sa fhuair sibh ur *duais* ni nach do dhì-chuimhnich sibh iarruidh, dli' ùng sibh mi gu grad, agus rinn sibh cinnteach mi gun rachainn do neamh. Och mo thruaighe ! nam bàsuichinn an sin, tha fios gu'm bithiinn caillte gu siorruidh ; agus cha'n urrainn domh smaointeach air a chunnart san robh mi gun bhi air chrith leis an eagal ; no idir a chuimhneachadh air mòr thròcair mo Shluanuighir gun deoir na taingealachd agus a bhuidheachais a shileadh.

*Sag.* Is mi-mhodhail am balaoch thu ; agus is truagh a dh'-eireas duit, 'nuair a thig am bàs ort, m'ar ùngar le Sagart thu.

*Aind.* Gu deimhin cha'n àill leam fhaotainn ; cha 'n 'eil focal De ga ainmeachadh anns an t-seadh sa bheil sibhse ; agus cha'n eagal leam, ma theid mi eug le làn earbsa ri iobairt-réitich mo Shlánughear, nach fàiltichear do neamh mi. A nis, tha mi toirt buidheachas do Dhia gun d'thugadh air falbh gath a bhàis, agus nan rachadh a nis mo ghairm chum am bàs fhulang, tha dòchas agam, tre ghràs, nach b' aobhar eagail leam e.

*Sag.* Amadain cheann-laidir, ann-dàna.

*Aind.* 'Nuair a chaith mi mo beatha ann am pheacuibh, cha dubhaint sibh riamh amadan rium ; cionnas a nis a tha mi air fàs a'm amadan o na thréig mi iad ?

*Sag.* So, so, greasamaid chum na h-ath phuince. Cha mhòr nach do chlaoidh thu m'fhoighidinn led' bhòilich.

Si'n Staid-mheadhoin\* no ghlanaidh air an do thionnsgain iad.

*Sag.* Cha'n eil thu, mata, a' creidsinn san Staid-mheadhonaich, o na leugh thu 'n Tiomna Nuadh.

*Aind.* Dh'fhartluich orm aon ni coltach rithe fhaicinn ann.

*Sag.* An d'fhartluich d'a rìreadh ? Is iongantach sin, 'nuair a dh' amuis a choilion duin' ainmeil air ann. C'arson a thuirt an t-abstol Pol, Gun dearbhadh an teine obair duine sam bith, ge b'e air bith bu ghne dh'ith. *I Cor.* iii. 13.

*Aind.* Air leam gu bheil na tha sin a' ciallucha ro shoilleir. Le beachdachadh air an earrainn sin, chi sibh gu bheil an t-Abstol a labhuit inu na teagasan fa leith a dh'fhaodadh luchd-aidmheil de gach gne a theagasc, an déigh do stéigh na firinn bhi air a socrachadh. Tha e coimeas cuid diubh sin ri òr, airgiod, agus clacha buadhach, ni tha ciallachadh teagasc fallain ; agus cuid eile ri fiadh, connlach, agus asbh-uain, a' cialluchadh teagasc mi-fhallain. Tha e nis ag ràdh, gun dearbhar gach aon diubh air a cheann fa dheireadh ; agus ciod a bha co iomchuidh chum nan nithe sin a dh'ainmich e a dbearbhadh, re teine ? Ma bha na teagasan cosmhuil ri òr, airgiod, no clacha-luachmhor, cha deanadh an teine mòr dholaidh dhoibh. Ach nam biodh iad mar chonnadh, mar chonnlaich, no mar asbhuan, chuireadh an teine as doibh. Ach ciod a th'aige so ri ionad a losgadh anama, gu'n glanadh chum an deanamh iomchuidh arson néimhe.

Dh' amhairc an sagart air an àite, agus leugh e thairis e an déigh dha mìneachadh Aindrea a chluinntinn, agus bha

\* Purgatory.

ioghnadh air nach do thuig e roimhe e. Ach cha d' aidich e gun do mheas e mineachadh Aindrea ceart; ach dh'innis e dha nach robh esan ach ag amharc air uachdar na cùise, ach gun robh 'n Eagluis a'faicinn ni bu doimhne, agus gun do nochd iad gun robh a shamhuil de ionad ann, agus gum bu leoir sin.

*Aind.* Na gabhaibh mi-thlachd, ged a bheir mi mo bharail n'an chiùs so. 'Si so i, nach biodlite co mor an geall air an staid-mheadhonach so, mar biodh e chum buannachd na cléire. Is math is cuimhne leam airgiod a thoirt duibh arson ùrnuighean a dheanamh chum anama mo dhaimhich agus mo luchd-eolais fhaotainn as an ionad sin. Ma tha leìthid sin de chumhachd agaibh, shaoilinn gum b'ait libh a ghnathachadh, a thaobh iochd do na h-anamaibh bochda sin a bh'air an claoidh ann, gun aicheamhail air bith air a shon. Ach 'nuair a chi mi gum feum na h-ùrnuighean sin dìoladh air an son ma'n cuirear suas iad, cha'n urrainn mi smuainteachadh nach e is fior aobhar gu bheil an t-ionad sin air a chumail an cuimhne, gu bheil a chléir a' faighinn mòr bhuannachd uaithe. Cha mhò a chreideas mi gu bheil iad dùrachdach gus am faic mi iad a' deanamh an dichill gun duais air bith chum na h-anama truagh, a deir iad, a tha fulang a shaoradh as na piantaibh sin. Agus ged a ni iad sin fein, curidh mi le focal De an aghaidh an teagaisg mhearachdsoich so, a chionn gu bheil e buileachadh air an ionad-mheadhonach an cliu a dhlighear a mháin do fhuil Chriosd, a réir na h-earrainne sin, "Gu'n glan fail Chriosd o gach peacadh;" ni nach biodh fior nam biodh cuibhrionn de'n obair an earbsa ris an ionad sin.

*Sag.* Dh'innis mi roimhe dhuit, agus tha mi nis ga innseadh a ris, nach 'eil annad ach an dearg bhurraidih, agus balaoch mi-mhodhail gun tuigse; agus cha'n ion fiuthair a bhi ri aon fheum uait, am feadh a leanas tu air bhi ann am barail gur glice thu fein n'an Eagluis.

*Aind.* 'Se focal De is reull-iùil domh; agus cha chreid mi -ach na dhearbhar uaithe.

Mar nach b' urradh dhoibh còrdadh m'an Ionad mheadhonach, b'eiginn sgur dheth, agus teannadh ris an ath-ni nach do thaitinn ri Aindrea; eadhon a bhi 'g ùrnuigh ris na naomhaibh.

Bha 'n sagart a nis, cha mhòr, na thosd, agus cha b' urrainn da a bheag fhaotainn san scriobtuir chum sin a

dhearradh. Dh' ainmich e an duine saibhir ann an ifrin a' guidhe ri Abraham. Ach bha samhladh spiorad malluichte na dhroch chulaidh leanmuinn do dhaoinibh cràbhach air thalamh ; ach air dha so a thoirt fainear ghabh e dlon fo fhasgadh neo-thuiteamachd na h-Eagluis ; agus dh' iarr e air Aindrea dol air aghaidh chum an ath-ni.

*Aind.* B' urrainn domh mòran a ràdh mu na h-ainmean mi-iomchuidh a tha iad a' buileachdh air an Oighe Muire, mar tha màthair na tràcair, sgiath dhion pheacach, geata fhlaitheis, &c. Dh'fhaodaiun co gràineil 'sa tha paideireanan, uisge coisrigte, &c. ag amharc. Ach tha mi teachd chum na cuid is mi-chiataiche, agus 'se sin an doigh anns am faigh peacaich death-ghean De. Bha mi do ghnà ann am barail, m'an do leugh mi focal De, mar curinn peacadh ro an-trom an gniomh, agus mo dhleasnas a dheanamh gu riaghailteach, mar theirear riu gum bu deagh Chriosduidh mi ; agus 'nuair a thigeadh àm mo bhàis, na'n gnàthaichte deasghnàtha na h-Eagluis orm, nach b'eagal domh. 'Se so an ni a dh' fhòghlum mi, agus an *t-iomlan* de na dh' fhòghlum mi san Tigh-aoruidh ; agus mar sin, bhuanach mi rè dà fhichead bhliadhna. Ach o leugh mi'n Tiomna Nuadh tha mi mothacha mùgha mòr seach mar bha mi a' baralachadh. Tha focal De ag innse dhomh *an tùs*, gu bheil mis agus an cinneadaonna air fad 'nar peacachaibh ' am fianuis De ; gu bheil sinn uile, arson ar peacaidh, a' toilltinn truaighe shiorruidh ; agus gu bheil ar nàdur gu h-iomlan truaillidh agus aingidh ; a réir nan earrannan so, "Chum gun druidear gach beul, agus gum bi an saoghal uile ciontach am fianuis De." *Rom.* iii. 19. "Is naimhdeas an inntinn fheolmor an aghaidh Dhe." *Rom.* viii. 7. "Thà'n fheol a 'mianuuchadh an aghaidh an Spioraid." *Gal.* v. 17. "Oir is ann as a chridhe a thig droch smuaintean, dhaltrannas, striopachas, mortadh, goid, sannt, aingidhead, mealtoireachd, macnus, droch, shùil, toibheum, uabhar, amaideachd." *Marc.* vii. 21, 22. Tha e rìs ag innse dhomh, gur ann a tha iadsan a shàbhalar, air an saoradh tre ghràs De, trid bàis agus toiltinnis Iosa Criosd, gun deagh thoiltinneas air bith annta fein, a reir mar tha e air a chuir sios, "Air dhoibh bhi air am fireanachadh ('se sin maiteanas bhi air a thoirt doibh, agus air an gabhuil a stigh gu taitneach) gu saor le a ghràs, tre an t-saorsa a ta ann an Iosa Criost ; neach a shonraich Dia na iobairt-réitich, trid creidimh 'na fhuit, chum fhìreantachd fhoillseachadh le maiteanas nam

peacadh à chaidh seachad, tre fhad-fhulangas De." *Rom.* iii. 24, 25. Agus a rìs, Cha'n ann o oibribh fireantachd, a rinn sinne, ach a réir a thròcair fein, a shaor e sinn, tre ionnlad na h-ath-ghineamhuinn, agus athnuadhachadh an Spioraid Naoimh," *Tit.* iii. 5. Tha e ris ag innse dhomh, gu bheil acasan a gheibh co'-roinn de'n t-slainte so co'-roinn d'ith *tre chreidimh*, a reir nan iomad earrann a dh'shaodainn ainmeachadh, ach is leoир iad so a leanas. *Uime sin, tha sinn a'meas gu bheil duine air fhireanachadh tre cheridimh.* *Rom.* iii. 28. Agus an àit eile, *Air dhuinn bhi air ar fireanachadh tre chreidimh, tha sith againn ri Dia, trid Iosa Criosd ar Tighearna.* *Rom.* v. 1. *Tre ghràs tha sibh air ar slànuchadh, tre chreidimh.* *Eph.* ii. 8.

Osbarr, tha'n leabhar sin ag innse dhomh gu bheil iadsan aig a' bheil co'-roinn de'n chreidimh phrìseit so, da thrid air an dlù-cheangal ri Criosd, mar tha na meanglain ris a chraoibh, no na buill ris a chorpa; gu'n cuir iad an aghaidh a pheacaidh air gach doigh; gun d' thoir iad buaidh air an t-saoghal; gu bheil iad dealasach mu dheagh oibribh, agus gan tiomna fein suas do Dhia. Gu cinnteach is teagascg so a tha co'-fhreagradh do dhiadhachd. Mhothaich mis e ro thaitneach do m' inntinn fein, agus cha d' thugainn suas mo chòir air air dheich mìle saoghal.—An so chuir an sagart cosg air seanachas Aindrea, is dh' éirich e suas ann an àrd bhoile, le fheoraich dheth ciod bu chiall da a leithid de thàmait a thoirt dà; ag ràdh ris nan saoileadh e gum b' ann mar sin a bhiodh a chùis, nach aontaicheadh e am feasd dol a steach da thigh. An sìn thionndaidh e ris a chuid eile de'n teaghlach, a' feoraich dhiubb an robh mhiann orrasan am fear so a' leantuinn 'na chùl sleumhnachadh aingidh o'n Eagluis? Fhreagair iad uile gun robb, ach an tè bu shine, agus gad a bhiodh iad an teagamh roimhe sin, gun do chuir na chual iad gu tur as an teagamh e.

Thuirt e riu gu'n cuireadh e fo ascaoin-eagluis iad air an ath-là sàbaid, ni nach do chuir ach beag smuairein air Aindrea. Ach rinn an Sagart a mhath ga fhocal.

Am feadh a' bha Aindrea gnathaichte ris an Tiomna nuadh a leughadh, thuig e gun robb iomad earrann a' leige ris da gun robb leabhar eile ann, air nach robh e idir eolach, ach as eug'ais, nach robh e comasach dha na h-earrannan sin a thuigsinn. Leis mar chuir e roimbe an t-iomlan deth, nam b' urrainn da, a thuigsinn, bha e ro dhéigheil air fios

fhaotainn ciod e an leabhar eile ; agus mheas e nach robh aon neach aig am bu dòcha fios a bhi uime na a bhean-uasal o'n d' fhuair e 'n Tiomna nuadh ; smaointich e gun leigeadh e iomaguin ris di, agus gun asluicheadh e a comhairle m'an chùis. Bha toil aige, mar an ceudna buidheachas a thoirt di arson an Tiomna nuadh a thoirt a nasgnidh dha, ni a dheanadh e o chionn fada, mar b'e gun robh i o'n àm a fhuair se e gun bhi, gus a so, aig an tigh. Ghabh e cheud chothrom air taing a thoirt di ; agus thuirt e rithe nam bu toil leatha iunse dha c'ait am faigheadh e an leabhar a bha air ainmeacha san Tiomna nuadh ; a chionn gun robh e gu soilleir a' faicinn gus am faigheadh e sin gun robh iomad earrann de na bba e leughadh, nach b' urrainn da a thuigsinn. Dh' innis i dha gur e'n *Sean-Tiomnadh* bha air ainmeachadh ann, no a chuid sin de na Scriobtuire a chaith a sgriobhadh m'an d' thainig ar Staluighear san fheol : agus gheall i dha gum faigheadh ise Biobull da, anns am biodh an *Seann Tiomna agus an Tiomna Nuadh*. Bha i co math 's a gealladh ; agus an ùine ghearr fhuair Aindrea *Biobull*. Leugh e an Seann-Tiomna le mòr thlachd ; agus gad a bha cuid de nach robh e làn-thuigsinn, bha e tuigsinn earrann mhòr eile dheth. Bha mòr thoileachadh aige bhi leughadh mar shaoradh clann Israeil as an Eiplid, agus mar chaith iad gu buadhar a steach do thìr Chanaain. "Seadh," theireadh e, "Bha mise roimhe so, am thràill bhochd aig a pheacadh, achi shaor gràs De mi ; agus gad a tha mi san àm ag imeachd tre fhàsach an t-saoghail so, is gearr an t-àm gus an cuir Dia ann an seilbh mi air a Chanaan Néamhuidh !" A thaobb an eolais a bh' aig air Litir an abstoil chum nan Ebhruidheach, bha e na urrainn mòran de na deas-ghnàthaibh a dh' àithn Dia dhoibh a choimhead ; agus thaitinn e gu ro mhath ris mar bha Criosd air a roi-innseadh co fada m' an d' thainig e. Bha cuideachd Leabh-ar nan Salm, agus Faidheadoireachd Isaiah, a' toirt mòr shòlas da.

## CAIB. IV.

*Mar thoisich aoradh r'a ghnàthachadh ann an teaghlaich Aindrea. Mar thearuinn iad o bhi r'a theine. Cunntas mu dhroch-rùn Sheumais Nòlain do Aindrea, &c.*

BHA mothachadh aig Aindrea gum b'e a dhleasnas, mar cheannard teaghlaich, aoradh Dhe a ghleidhe na thigh; thuig e nach gabhadh aon ni a leithsgeul nan deanadh e dearmad as so suas air an dleasnas so; agus ge nach biodh ach an dearmad so a dhearbhadh mi-dhiadhachd a choimhairsnach, gum bu leoir e ga dheanamh. O dh' fhàs Aindrea eolach mu fhocal De, bhullich e earrann iomchuidh de gach là ann an ùrnuigh dhìomhair ri Dia: thilg e uaith *a phaidaireanan* agus *a ghisreagan* de gach gne; agus rinn e ùrnuigh le mothachadh air uireasbuidh, a' mianuacha bhi air a bhean-nuchadh. Ach ged a rachadh aig air sin a dheanamh na aonar, bha sgàth air nach robh e comasach air a choilionadh am fianuis a theaghlaich; cha miò bha riaghait ùrnuigh teaghluch aige, agus eha b' fhios da c' àit am faigheadh e sin; ionnas gun robh e fo mhòr-iomaguin, le mothachadh air a laigsinn chuni a dhleasnas a chur an gniomh. Ach, aon là ghlac e misneach, agus labhair e mar so r'a mhnaoi agus r'a chloinn, A bhean mo ghaoil agus a chlann mo ghràidh, trid gean-niath Dhe, thugadh a chuid is pailte dhinn gu càileiginn de eolas fhaotainn air an shirinn; ach cha leoir gun dean sinn aoradh do Dhia a lion aon is aon, ach feumaidh sinn a dheanamh 'an ceann a chéile mar theaghlaich. Agus is e an t-eadar-dhealuchadh a tha eadar teaghlaich air a' bheil eagal De, agus iadsan air nach 'eil, gu bheil a cheud mhuinnitir a' gleidheadh *aoradh teaghluch*. Bha mi o cheann ghoirid san ioma-chomhaille mu theannadh ris, o mhothachadh air mo chion comais air a dheanamh; ach tha mi nis a' faicinn gur ann o *uabhar* a dh' éirich an leithsgeul ud, agus tha mi nis, trid còmhnaidh Dhe, a' cur romham gun tuille dearmad a dheanamh air ni a tha mi meas a bhi na dhleasnas fiachaicht orm; an nochd fein tòisich-eamaid air. Dh' aontaich iad uile leis; agus an déigh na suipeireach, dh' fhosgail Aindrea an oidheam, agus leugh e'n treas Caibdeil de Shoisgeul Eoin, Caibdeil bu ro-chaomh le

Aindrea. Ghabh e mhisnich na rinn calleiginn de mhìneach adh air; agus le sin a dheanamh, chaidh iad air an glàinibh, agus rinn e ùrnuigh. Rinn e sin o lànachd a chridhe; thug e buidheachas do Dhia arson lòin agus aodaich, agus arson fardoch ghoireasach, ged a tha iomad neach eile as an easbhuidh; ach thug e gu sonraighe cliu do Dhia, arson a mhòr ghràidh ann an cur a Mhic a dh' ionnsuidh an t-saoghal a shaoradh pheacach; agus arson gun do dheonaich e dhasan agus do'n chuid bu mhò da theaghlach fios fhaotainn air saibhreas a ghràis, am feadh a bha choilion aon m' an timchioll turaineoich uime. Chuir e suas ath-chuinge dhùrachdach as leth a chairdean, agus as leth a naimhdean cuid-eachd, gun dì-chuimhn' air an t-Sagart a bhuin co neoshuairce ris. Ghuidh e ri Dia as a leth, agus as leth a luchd-éisdeachd uile, agus gun d' thigeadh uile shochairean an t-soisgeul air fein, agus orrasan. Ghuidh e arson math na tire san robh e chòmhuidh, agus arson fàs diadhachd anns gach àite; agus cho'-dhuin e le e fein agus gach ni agus neach a bhuineadh dha, earbsa "Ris-san air nach aom codal no suain."

Air an o'che sin fein bha sàr chothrom aig Aindrea air càram Dhe da thaobh a thoirt fainear. Mu mheadhou o'che dhùisg comhartaich a choin e; dh' éirich e a dh' fhaicinn ciod a bha cur dragh air; ach an uair a chaidh e a mach cha d'fhairich e ni air bith a chuir ioghnadh air, agus thug e ionnsuidh air dol a luidhe, an dùil gun robh gach ni gu math; ach air dha pilleadh a stigh air leis gun robh toit feadh an tighe, agus le rannsuchadh thuig e gun deach éibhleag bheag, air doigh eiginn ann am measg conulaichi a bha ann an cùil, agus nach mor nach robh e na lasair; ionnas gun robh cion-fath aig a smaointeachadh mar rachadh a dhùsgadh air a cheart àm sin, gum biodh an tigh na lasair m'an cuairt doibh, agus gum bu choltach gum biodh iad air ar losgadh ann, agus gach ni a bh' aca.

Chuir Aindrea as de'n teine, agus chuir e suas ùrnuigh dhùrachdach bhuidheachais ri Ughdar gach maitheis, arson a chaoimhneas iongantach dhoibh. An uair a bha an teagh-lach air cruinneachadh an ceann a chéile sa mbaduinn, dh' iunis e dhoibh mar thachair; agus ghabh e'n cothrom sìa air maitheas De a mhòladh dhoibh, a rinn faire thairis orra, agus la fhreasdal caomh cairdeil, a choimhead iad o'n chun-yart a bhagair orra. Leugh e 'n sin caibdeil as an Tiomua

nuadh, agus chuir e suas ùrnuigh ri Dia maille r'a theagh-lach, a' deanamh luaidh air a mhothachadh a bh' aige mu chùram Dhe d'an taobh. Uine bheag roimhe so mheasadh Aindrea gach ni dheth so na *thuiteamas*, agus gum b'fhor-tanach an t-àm san d'rinn a chù tathunn ; ach a nis chunnaic e freasdal De anns an iomlan, agus dh' aidich e a chùram le taingealachd.

'Nuair bha Aindrea dol aon mhaduinn a dh' ionnsuidh oibre, chunnaic e duin' òg laidir fallain, ga luchd-eolais, na shineadh air an talamh, gun fhios aige ciod a dheanadh e ris fein. Seadh, a Thòmais, ars Aindrea, ciod is coireach nach 'eil thu aig t-obair ris an deagh latha so ? A' bheil thu gu math ? Gu deimhin tha, arsa Tòmas, cha robh mi riamh ni b' fhearr ; ach nach aithne dhuit gur e so là *Fhéill-Muire* ? Agus ciod uime, a deir Aindrea ? Ciod uime ? a deir am fear eile gu sgaiteach, B' fhearr leam mo lamb-dheas a sgath-adh dhiom na obair a dheanamh air an là so. Ach a deir Aindrea, nach faca mi thu a 's t-Earrach so chaidh, a' cur buntàta air là na Sàbaid, maille ri muinntir eile ? Creididh mi gum faca ; oir thug an Sagart cead domh. Ach co dhà air leat, ars' Aindrea, is còir am barrachd meas a thoirt do Dhia, no do 'n Oigh Muire ? Is saoilidh mi gur mò is còir a thoirt do Dhia, a deir Tòmas. Agus c'arson, ars' Aindrea, nach seachna tu obair a dheanamh air là an Tighearna, agus gu bheil thu co seachantach air obair a dheanamh air *Làithibh-Muire* ? Cha 'n aithne dhomh, a deir e, Tha mi toirt géill do òrdugh an t-Sagairt. Mo thruaigh e an Sagart ! a deir Aindrea. Is iomad anam air a mhealladh a tha aige ri freagradh air a shon ! Cha 'n e sin mo ghnothachs', ars am fear eile ; tha mis a' géilleadh do m' Chléir, agus ma dh' àithneas iad domh deanamh gu h-ole, is iads' an coireach, 's cha mhise. Tha iadsan ciontach gu deimhin, ars Aindrea ; ach tuigidh d'thus' a bhi air do mhealladh ma smaointicheas tu gu'n gabh sin do leithsgeul. Cha ghabh, a Thòmais, is eiginn do gach aon againn luidhe fo chionta fein : agus tha Criod ag ràdh, " Ma threòraicheas dall an dall, gun tuit iad araon san dìg." An ni nach buin duit na buin dà, a deir Tòmas, agus na cuireadh mo dheanadas-se iomaguin ort. Saoilidh mi gur mòr is fearr is aithne do 'n t-Sagart, is urrainn *Laidinn* a labhairt, mu na nithe sin, seach dhuitse. Le sin a ràdh, dh' fhalbh e gu stràiceil roimhie. Mo thruaigh, a dhuine bhochd, ars Aindrea ris fein, thig an là anns an

tuig thusa gur i'n fhìrinn a chan mise. Nior leige Dia gur ann 'nuair a bhios e tuille 's anamoch a thachras sin.

An uair a chuir an Sagart Aindrea agus a theaghlaich fo ascaoin-eagluis, labhair e mòran mu anacreidimh, agus dh' ainmich e gu saor soilleir, nach bu ghnothach mòr dochair a dheanamh air ana-creideach; agus ma dh' aithriseadh an sgeul air chòir, thuirt e gur ni bhiodh ann cùis ionmholta. Thachair gun robh fear san éisdeachd, d' am b' ainm, *Seumas Nòlan*, aig an robh gàmhlas do Aindrea, arson mìr fearainn a fhuair e toiseach dheth, agus cha sòradh e aicheamhail a thoirt deth. An uair a chuala Nòlan an sagart a' càineadh Aindrea, thuirt e ris fein, "S e so an t-àm dhomhsa mo shàth dioghaltais a dheanamh air. Tha 'n sagart ag ràdlì gur còir éirigeach,\* a mheas mar anacreideach, agus mar chìs-mhaor; agus nam biodh e ann an iomad àite gun loisgeadh iad gu bàs e, mar eas-caraid do 'n Eagluis; ach nach 'eil e ceadaichte sin a dheanamh san rioghachd so. Ma tha Aindrea Mac-Ille-dhuinn a' toilltinn bhi air a losgadh, ciod a choire ged a bheirinn deagh ghabhail-air dha, a bhios na chuimhne am fad 's is beo e: ni so seirbhis do Dhia.

Air dha sin a shocrachadh na inntinn fein, chuir e roimhe gun rachadh e 'n ath-oi'che gu tigb Aindrea, agus gun deanadh e peanas air a réir a thoillteannais do 'n Eagluis. Dh' shalbh e, agus rainig e tigh Aindrea, dìreach mar bha e ullamh de leughadh a chaibdeil, agus air lùbadh a ghlùn, maille r'a theaghlaich, a thoirt buidheachas do Dhia arson sochairean an latha, agus a dh' asluchla gum buanaicheadh e dhoibh a dheadh-ghean. Sheas e aig an dorus car beagan, chum gu 'n cluinneadh e na bha iad ag ràdh. Thuig e gur e guth Aindrea a bha e 'cluinntinn, ach cha'n ann a bha e mar gu 'm biodh e co'-chainnt ri fear eile, no cosmhuil ri aon ni a chual' e riamh. Air dha éisdeachd rè seal, sheall e stigh air sgoltadh a bha san dorus, thuig e, le mòr ioghnadh gur e bh' ann Aindrea ri ùrnuigh, le theaghlaich ma thimchioll. Dh' eisd e le furachras ris na bha e 'g ràdh, agus chaidh an gnothach m' an d' thainig e gu turas a bheachd. Chual' e a' toirt buidheachais do Dhia arson gach sochair a bha e mealtuinn, ach gu ro-shonraichte arson e fein agus a theaghlaich a shaoradh o pheacadh agus o thruaighe; ach 's e is mò a dhrùigh air mar rinn e ùrnuigh as leth a naimhdean.

\* Heretic.

“ O Dhe, a deir e, Ma tha naimhdean againn, deonaich dhoibh maitheanas, ge b'e air bith co mì-chneasta no mi-shuairec' a bhios an droch rùn d'ar taobh, agus builich orra eolas na stainte ; agus neartuich sinne chum math a dhioladh an aghaidh an uilc.” Anns an t-suidheachadh so bhuanach e rè seal ag ùrnuigh, ni a chur anabharra iongantais air Seumas Nòlan ; 's an uair a sguir an ùrnuigh, air leis guin biodh e toileach a nis Aindrea a ghabhail le fàilte na ghla-zaibh, gad is ann air thi cron a dheanamh air a thainig e. O na thuirt an Sagart, shaoil e gun do reic Aindrea e fein a chur aingidheachd an gniomh, agus gun do chuir e du-chùl ri diadhachd : cha b'loghna mata, ged a chuir na chual' agus na chunnaic e iongantas mòr air ! Ciod e, thuirt e ris fein, an anacreideach an duine so ? Ma 's h-eadh, c'ait' a bheil na Criosdui'ean ? 'S deimhin leam nach ann ann an coithional au t-sagairt. Nam biodh gach neach a deir Criosdui'ean riu fein, agus an sagart maille riu, coltach ris an duine bhochd so, bhiodh an saoghal air mhùgha doigh seach mar tha e. Chaidh gach droch-rùn agus seana ghàmhlas a bh' aige do Aindrea as aire, agus bha e cuir-iomachuir air fein arson gun robh na bheachd dochair a dheanamh air. Cron a dheanamh air ! thuirt e, Nior leige Dia ! Cha dean ; b'fhearr leam ino lamh dheas a bhi gun lùths', seach gun deanainn ciorram air a leithid de dhuine. Bha mhiann air falbh roimhe ; ach chuimhnich e air fein, agus chuir e roimhe dol a stigh, agus gun innseadh e do Aindrea ciod a bha roimhe na bheachd a dheanamh air, agus a ghuidhe maithneas air arson na bha na rùn. Bhail e, uime sin, aig an dorus, agus air dhoibh fhosgladh, chaidh e steach, agus thug Aindrea cuire cridheil da suidhe aig taobh a ghealbhuin. An cuala tu, arsa Seumas, gun d' thug an Sagart a mhallachd ort fein agus air do theaghlaich san tigh-aoruidh air an domhnach so chaidh ? Chuala, a deir Aindrea, agus tha truas mòr agam ris, agus tha mi 'guidhe gu dùrachdach as leth an duine bhochd a tha air seacharan. Ach, a deir Seumas, nach 'eil eagal ort roi ghuidheachan an t-sagairt ? Gu dearbh cha 'n 'eil, ars Aindrea, am feadh a tha dearbh-fhios agam gu bheil Dia ga m' bheannuchadh. A' bheil fhios agad, Aindrea, gur ann a thainig mis an so a nochd le rùn dioghaltas a dheanamh ort mar ana-creideach, agus gu peanas a dheanamh ort arson na sean fhalachd a bh' agam dhuit a thaobh an fhearainn. Mu thimchioll ana-creidimh, a deir

Aindrea, 's esan a tha na ana-creideach nach giulain e fein a réir focail De; agus tha mise deonach cuid mo chunnairt a ghabhail de bhuanachadh a réir *an fhocail sin* an aghaidh gach sagart air thalamh. Agus mu dheimhin na co'-strigh mu 'n chrioman fhearrainn, tha deagh fhios agads', a Sheumas, nach robh a bheag mi-dhleasnach no mi-chiatach anns na rinn mise; ach m'as i do bharailse gun robh, tha mi deonach a thoirt suas duitse, ma gheibh thu toil a mhaighstir gu sin a dheanamh; oir gad a tha teaghlaich agamsa ri solar air an son, is fearr leam gach ni a th' agam a thoirt seachad, agus a bhi 'n earbsa ri Dia chum mo chumail suas, na gum biodh cionfath aig duine sam bith gearan a dheanamh a'm' aghaidh. Nior leige Dia, ghlaodh Seumas, 's e 'g amharc le mòr urram, air an duine, gu 'n gabhainnse t-fhearann! Cha ghabh, Aindrea; fhuair thu e gu cothromach, agus gleidh e; agus cha 'n 'eil a dhì orinsa ach gun d' thoir thu maithreas domh arson mo dhroch-rùin a' d' aghaidh, agus gum meas thu mi mar charaid. Tha mis, a deir Aindrea, a' deonacha maitheanas cridheil duit, agus 's e mo ghuidhe ri Dia gun d' thugadh e dhuit mothachadh air do staid, mar thug e dhomhsa, agus gum pill e thu, trid a ghràis, d'a ionnsuidh fein. Ge nach do làn thuig Seumas brigh na guidhe, bha e cinnteach gur ni math a bh' ann, agus bha e air aomadh gu *Amen* a ràdh ris! Oir dbrùigh na chunnaic agus na chual' e gu ro-mhòr air. Dh' innis e nis do Aindrea ciod a rinn an caochladh na bheachd, a' feoraich dheth am bu ghnà leis ùrnuigh a dheanamh maille r'a theaghlaich mar a chunnaic esan e. Thuirt ain fear eile ris gum b' sheadh; agus dh' iarr Seumas cead teachd air uairibh ga éisdeachd; oir cha robh an da thigh fada o chéile. 'S e do bheatha, a deir Aindrea, mar fuathach leat co neo-dheas-chainnteach 's a tha mise. Cha 'n sheadh idir, a deir Seumas, le fior dhùrachd, Cha do dhrùigh ùrnuigh riamh a chuala mi orm gus an cuala mi thusa. Do thaobh an t-sagairt, cha tuig mi ciod a their e: Tha ùrnuighean tuille 's foghlumte arson mo leithidse; agus mar b'e gum bu mhiann leam a ràdh gum bithinn aig an airionn, dh' shaotainn co math fuireach aig an tigh. Cha b' urra dhomhl rianh a thuigsinn c'arson a tha ùrnuighean an tigh-aoruidh air an cur suas ann an cainnt choigrich. Nach 'eil cainnt ar dùthcha co freagarach an àm ùrnuigh chur suas ri aon chainnt eile? Agus an sin tuigidh an sluagh ciod a tha iad ag ràdh. Is ceart a labhair thu a

Sheumais ; chaidh ar cumail fada ni's leoир ann an aineolas ; is mithich dhuinn teannadh ri smaointeach air ar son fein. Dh' innis e 'n sin da gum faigheadh e iad m' an àm cheudna gach feasgar a' deanamh mar chunnaic e, le còmhnhadh Dhe ; agus gum bu mhath leo fhaicinn san àm sin, 'nuair bhiodh e goireasach dha ; agus nan d' thigeadh e tamall beag ui bu lùaithe, gum b'e bheatha gu co'-roinn a ghabhail d'an suipeir. Thug Seumas buidheachas da, agus ghùidh e oïche mhath dha. Thuit e ris fein, Thainig mi mach le làn rùn gu'n gabhainn gu gramail air Aindrea, agus cha b'oileam a bheatha a ghabhail ; agus tha mi nis a' dol air m' ais, gun dochoir sam bith a dheanamh dha, fo ìoghuadh mòr ris an duine, a' cuir iomachuir ormfein a chionn gun robh e a'm rùn olc a dheanamh air. Tha mi nis a' cuimhneach gun robh 'n sagart ann am buaireas mòr san eagluis, 'nuair a labhair e mu Aindrea ; ach tha Aindrea gu ciùin, socrach ! Le breith a thoirt a réir coslais, tha tuille mòr de' n Chriosduidh ann an Aindrea na th' anns an t-sagart. Rainig e nis a thigh, agus chaidh e luidhe, ach cha b' ann a chodal ! Cha b' ann ; oir bha e 'smaointeach air a dhroch rùn fein—air ùrnuigh Aindrea—air a chiùineachd—air a dhanarrachd. Bha e 'n t-ath-là a' sìor smaointeach air an ni cheudna. Mu fheasgar chaidh e do thigh Aindrea, agus ghabh e leo anns an aoradh a thug iad suas. Ghuidh Aindrea gu dùrachdach arson Sheumais, gum bu deonach le Dia intinn a shoillseachadh, agus aomadh chum gabhail ris an uile fhirinn. An déigh na h-ùrnuigh, thòisich iad ri labhairt mu thimchioll diadhachd, agus bha iad co dlù 'an sàs ann 's nach mòr nach robh e meadhon oidhche man do dhealaich iad. B' e brìgh an t-seanachais, Ciod a b' éiginn do pheacach bochd a dheanamh, a fhuaир mothachadh gun do thoill e fearg Dhe, 's gu bheil a chridhe aingidh, chum gun saorar e ? Nochd Aindrea do Sheumas gu soilleir o fhocal De, nach robh gach peanas a b' urrainn da a choilionadh, gach claoideadh a b' urrainn da fhulang, agus gach ùrnuigh a bha e comasach a chuir suas, am fad 's bu bheo e, nan urrainn aiseag chum deadh-ghean De ; gur e focal De an t' aon dòigh a tha leige ris mar théid sin a dheanamh, eadhon feart réiteachaidh iobairt Chriosd, air a chàramh tre chreidimh ris an anam. Nochd e dha mar an ceudna, cionnas a tha gràdh Chriosd a' co'-eigneachadh a chreidich gu e fein a thoirt suas chum a sheirbhis, air chor 's nach buanaich e ni 's faide anns a phecadhb, ach gur ann

a dh' fhuathaicheas, agus a bheir e buaidh air. 'S iad sin na nithe m'an robh iad gu h-àraidh a' cainnt air an oi'che sin ; àgus bu toil le Dia cridhe Sheumais fhosgladh, a ghabhail ris na firinne cudthromach sin a chual e ; ionnas gun robh do thoileachadh aig Aindrea, ann an tìne bheag, na chunnaic gun robh deagh stéigh dòchais aig Seumas ann an Criosd, agus a' toirt dearbhadh do 'n t-saoghal air an ni sin, le e a thréigsinn a pheacaidh. Bba 'n Semuas so na cheatharnach mòr laidir ; bu ghnà leis dol a dh' ionnsuidh gach cruinneachadh agus margadh, titheach air iorghuill a thogail, agus a bhi ann an tuasaid gun athadh gun sòradh. B' abhaist da cuaille mòr bat a bhi aige, leis an leagadh e gach fear a chasadadh ris. Ach dh' iompaicheadh an duine so, a bha na aobhar eagail do gach neach, le cumhachd na diadhachd ; agus dh' fbàs e na shamhladh air firinn na cainnte sin, " Ma bhios duine ann an Criosd, is creutair nuadh e." Bha a choslas air caochladh : oir roimhe sin bha e gu coimheach gruamach. Ach an déigh dha bhi air iompachadh, dh' fhàs e gu h-aoidheil ciùin, a leige ris co-sìochail 's a bha inntinn. Thug e aon oi'che chum tighe Aindrea a bhata mòr garrachdail, agus loisg e na làthair, an t-iúneal sin leis an d' oibrich e iomad ole. 'S e so a cheart bhata leis an robh rùn orm gabhail ortsa ; agus 's e so an t-àite is iomchuidh chum a losgadh ; agus 'nuair a bha e lasadh thuirt e " Fhir-shaoraidh bheannuichte l bha na làmha so tuille 's tric comharaichte anns an ole, agus bheachdaich na sùilean so le tlachd air nitibh a b' ion a bhi na chulaidh ghràin. Ach theagaisg do ghràs dhomh fuath a thoirt do m' aingidbeachd. Cha 'n 'eil toil-inntinn a nis agam ach ann am ful do chroinn-cheusaiddh, trid a bheil m' anam air a shaoradh ; agus am feadh a tha mi 'g amharc, tre chreidimh, air a chuspair sin, gum faigheam bàs do 'n pheacadh, agus mo chumbachdan a choisrigeadh chum do sheirbhis bheannuichte-sa !" Cha b' urrainn Aindrea gun éigheach a mach, *Tha m' anam ag árd-mholadh an Tighearna, agus tha mo spiorad a' deanamh gàirdeachas ann an Dia mo Shlànnighear.*

## CAIB. V

*Tha teaghlaich Sheumais Nòlain air an iompachadh, &c.*

A CHIONN gun d'amuis Seumas air an nèamhnuid ro-luachmhor, bha e ro-dheonach gum biodh còir aig a theaghlaich air an t-sochair cheudna. Uime sin dh' earalaigh e iad gu dol maille ris do thigh Aindrea, aig an àm shuidhichte. Dhìult iad rè seal dol ann, ag ràdh, gum bu chiatach a shealladh e iadsan a dhol gu ùrnuigh fir a thuirt an Sagart nach bu mheas an companach an deamhan fein na e. Gidheadh cha'u fhaodadh iad gun a thoirt fainear an t-atharracha mòr a thainig air Seumas. Cha robh e ni b' fhaide gu misgeach tuasaideach mar bu ghnà leis, ach a' fuireach aig an tigh, ag oirpeachadh sonas a theaghlaich. Cha b' urrainn doibh àicheadh nach d'rinn Aindrea ann am heagan sheachduinean tuille mùghaidh air Seumas, (oir cha do thaig iad gur e gràs De a rinn e) na b'urrainn an Sagart a dheanamh rè fishead bliadhna, le shear-moinibh, le pheanasaibh, agus le uisge coisrigte. Cha robh iad a' tuigsinn so; agus air leo gun rachadh iad a dh' aon-obair chum tighe Aindrea. Chaidh iad ann, agus bha ùrnuigh Aindrea gu dùrachdach, drùighteach, agus cha robh sùii thioram san éisdeachd. Dh' aontaich iad uile ann am moladh Aindrea 'nuair a chaidh iad dachaidh: agus air an ath-oi'che cha d'sheum iad earail sam bith a dhol ann, ach 's ann a bha iad a' gabhail fadail gus an d'thainig an t-àm. Gun tuille seanachais a ràdh m'an chùis, cha b'fhada gus an do mhothaich teaghlaich Sheumais cumhachd na fior dhiadhachd air an anam, le'm peacaidh a thréigsinn, agus teannadh ri nuadhachd beatha: Bha so na mhòr aobhar mhisнич agus bhuidheachais do Aindrea. Bha nis de thoileachadh aige gun d'iompaicheadh a nighean bu shine, chum na firinn; ionnas gun robh an aonachd bu chaidriche na theaghlaich beag. Air laithibh na Sàbaide, bu ghnà leo-san agus le teaghlaich Sheumais coinneachadh moch-thra agus feasgar chum aoraidh, agus bha an gnàthachadh air an dòigh so. An déigh do Aindrea ùrnuigh ghearr a chur suas, ag asluchadh beannachadh air an saothair, leughadh aon diubh caibdeal as a Bhiobull; agus dheanadh Aindrea caileiginn de mhìneachadh air a chuid a b' àraighe dheth, agus

chàireadh e riu fein iad chum an creidimh a neartachadh, agus an caithe-beatha a leasachadh. 'Nuair a bhiodh crioch air sin, dheanadh iad an athùrnigh, 'san deigh sin sgaoileadh iad. Cha robh aig an da theaghilach sin, c'ar tamuill, de bhathais na dhùraigeadh bhi sonraichte san aite; a chuir cùl ri riaghailtean faoine, agus ri deas-ghnathailbh gun seadh auns an d'àraicheadh iad. Bha sgàth air muinntir eile aontacha leo, air eagal droch ghuidheachain an t-Sagairt, agus bha iad buailteach do ioma beum agus tuaileas sgainnileach arson an toil a bh' aca gu deanamh a réir focail De. Ach an deighi de'n cheud othail mu bhagraidh an t-sagairt dol seachad, thòisich cuid ri smaointeachadh air an atharracha shoillier a thainig air teaghilach Aindrea agus Sheumais. Cha'n fhaodadh iad gun a thoirt fainear co caoimhneil chàirdeil 'sa bha iad r'a chéile, seach mar bha teaghluichean eile: bha ioghnadh orra cuideachd ris mar bha soirbheachadh leo ann an nithibh aimsireil. Shaoil leo, leis mar thuirt an sagart, gun nochdadhbh Dia, ann an càrsa a fhreasdail, a chorruich an aghaidh Aindrea arson ana-creidimh. Ach an àite sin a thachairt, 'sann a shoirbhich le Aindrea gu mòr ni b'fhearr na le aon neach a bha 'n co'-inbh ris fein. Cha robh iongantas air bith ann an so. Thionndaidh fior chreidimh a mach dha-san na gnothach tarbhach a thaoblì na beatha so, co math ris an ath-bheatha; oir dh'fhàs a bhean agus a chlanu a nis gu deanadach dìchiollach, ged a bha iad roimhe gu leisg lunndach; agus bha nis an t-àm a b'abbhaist doibh a bhuileachadh ann am faoineachd agus an diomhanas air a chosg ri gniomh feumail mathasach. Cheannaich iad innealan sunòmh, agus fhuair iad lion a shnòmh agus a reic iad le sàr-bliuaunnachd; am feadh a bha e fein ag obair aig an Uachdaran, bha a mhac ag àiteachadh a bheagan fhearainn a bh' aca, agus bha a bhean agus a nigheanan a 'snòmh gu sùrdail. Leis na nithe sin fhaicinn, bha 'm barail mu Aindrea a fàs ni' b'shearr; agus ghlac cuid diubh de mhisnich na rachadh air maduinn na sàbaid chum tighe Aindrea a dli' aontacha leo nan aoradh; agus bha cuid eile fo fhiamh leis na thuirt an sagart, nach deanadh ach éisdeachd taoblì muigh an doruis gun a dhàandas a ghabhail na rachadh a stigh; ach an ceann ùine bheag rachadh impidh orra dol ann. Leis mar bha Aindrea gun bhi gabhail air fein ach focal De a leughadh, agus ro-bheagan mìneachaidh a dheanamh air, agus a shedladh dhoibhsan a thigeadh ga éisdeachd iad a ghabhail nan scriob-

tuire mar riaghailt beatlia agus beusan ; mhothaich e gun robh fhann oirpean air am beannachadh, agus nach robh a shaothair lag an diomhain. Shoilleircn e dhoibh nach robh esan ag oirpeachadh teagascg ùr sam bith a mholadh dhoibh, ach dreach a nochda dhoibh na bha air a chuir sìos ann am focal De ; agus gum bu chòir dhoibh am focal sin a leughadh, agus foghlum a ghabhail uaithe, agus nan deanadh iad sin, gum faigheadh iad ann gach ni a bhiodh feumail do shlainte siorruidh an anama.

Fhuair Aindrea m'an àm so leabhar Shalm agus Laoidean, a mheas e bhi ro-luachmhor ; agus dh'fhoghlum e cuid de na fuinn a bha iomchuidh gu'n seinn, agus chuir e seinn shalm ris a chuid eile d'a aoradh. Mheas e gun robh so a réir nan seolaidh a thug an t-Abstòl Pòl seachad. *Eph. v. 19.* Bliadhna no dha roi'n àm so b'abhuist de Aindrea agus da theaghlach a bhi air thoiseach gach coinneamh, a' seinn *orain dhraosta* ; nithe, mar a tha'n t-Abstòl ag ràdh, nach robh air an seinn le *gràs na'n cridheachaibh* do'n Tighearna, ach gan seinn air doigh pheacach do'n droch-spiorad. Mliothaich iad a nis co cunnartach 's a bha na nithe sin ; agus le bhi cuimhneachadh mar a b'abhuist doibh a bhi, thigeadh dedir air an sùilibh, le taingealachd arson gun do shaoradh o sin iad le maitheas comharaichte Dhe.

Bu toil le Dia, air impidh laig Aindrea, muinntir eile a bhrosnachadh suas o'n neo-chùram, agus an aomadh chum fhocal beannuicht' a leughadh. Bha iad fo loghnadh an toiseach, agus an ùine ghearr thuig iad gur briathra fìrinneach a bh' annta ; sguir an anamhruis m'an timchioll ; agus bha gnàthacha taitneach aig Aindrea, le ceistean cuid-eigin a fhreagradh, misneach a thoirt do dhream eile, agus le aontachadh dlùthachadh le muinntir eile ann an cliùthachadh am Fear-saoraidh a ghairm iad o dhorchadas gu solus iongantach a Shoisgeil. Nach iongantach slighean Dhe, theireadh e, a ghnàthraig cnuimh mar mise ann an obair co glòrmhor ! Ach air dha na briathra so a chuimhneachadh, *1 Cor. i. 27.* Ròghnaich Dia nithe amайдeach an t-saoghal so, chum gu'n cuireadh e näire air na daoinibh glice, agus ròghnaich Dia nithe anmhann an t-saoghal, chum gu'n cuireadh e gu näire na nithe cumhacdach ; theireadh e, Air an doigh so, 's ann do Dhia a bhios a ghloir ; gu ma h-amhuil a bhitheas e ; do Dhia biodh cliu siorruidh agus urram. Bha nis tigh Aindrea air a lionadh moch agus anamoch gach là

sàbaid ; agus ge nach robh an t-aoradh a rinn iad aon chuid riomhach no mòr-chuiseach o'n leth a muigh, bha e measail aig Dia, *ann an spiorad agus ann am firinn* ; agus mhothaich iadsan a choinnich ann, o'm fiosrachadh taitneach, nach 'eil meas aig Dia air ionaid, ni's niò no air pearsaibh. 'Nuair a sguireadh seirbhis na maidne, chruinnicheadh iad beagan a tuarasdal na seachduin ; agus 's ann an earbsa ri Aindrea agus ri Seumas a bha'n tabhartas, chum a riarachadh air na feumaich : agus leis mar bha gach neach toileach na dh' fhaodadh iad a thoirt seachad, rinn e ioma feum sa choimhearsnachd. Bha iad frithealteach air uireasbhuidh nam bochd, agus air dol a dh' fhaicinn nan daoine tinne. Air an doigh so, *bha 'n solus a' dealradh an làthair dhaoinibh*, agus dhearbh iad nach ann an caiunt, no 'an cuir am fiachaibh a bha'n aidmheil-san, ach ann an *creidimh a dh' oibricheas tre ghràdh*.

Ainmichidh mi cùis bheag a thachair m'an àm so. Bha duine bochd air a thuras tre'n dùthach sin a thuit ann am fiabhras. Co luath 's a thuig muinntir an tighe san robh e gur e sin galar a bh' air, chuir iad rompa gu'n cuireadh iad a mach e. Chual' Andrea an sgeul, dh' fhalbh e chum an tighe san robh an duine tiinn, agus a mhac maille ris. Bha iad ullamh gu chuir a mach; agus an deigh dha an-iochd an rùin a leige ris doibh, thug e fein agus a mhac leo air ghiulan e chum an tighe fein, far an do fhritheil iad da uireasbhuidh co math s' a dh' fhaod iad. Cha 'n e mhain gun do bhulich iad air na bha feumail da chorp ; ach leughadh Aindrea dha earrannan as a Bhiobull, agus dheanadh e ùrnuigh ri taobh a leapach. Bha'n duine, trid beannachadh Dhe, air aiseag 'an ùin' iomchuidh chum a shlainte ; agus theireadh e, Gu cinnteach ma tha aon Chriosduidh san tir so, tha iad san fhràdoich so ; thug iad a stigh mi 'nuair bha mi tiinn gun chobhair ; agus le 'm beatha fein a chuir an cunnart, thug iad a stigh mi, agus ghabh iad càram dhiom. Ga bu mhac, no bràthair dhoibh mi, cha b' urrainn doibh a bhi ni bu chaomhaile riomsa. 'Nuair chunnaic Aindrea gun robh e co mothachail air an caoinhneas, ghabh e'n cothrom sìn air càram anama a mholadh dha, agus trid beannachadh Dhe cha robh a shaothair cailte. Air an doigh so chaidh an duin' ud a thoirt chum eolas na firinn ; 's an uair a rainig e thigh fein, cha mhòr nach robh e co dealasach as leth na firinn, agus co buadhar na choimhearsnachd fein, 's a bha Aindrea na sgìreachd-san.

M'an àm so, chual' Aindrea gun robh an Sagart air leabuidh a bhàis. Agus an deigh iomad teagamh, chuir e roimhe dol ga fhaicinn : agus an uair a thuig an luchd-frithealaidh cò bh' ann, dh' innis iad do'n t-sagart e, a' baraluchadh gur ann a thainig e a dh' iarruidh maitheanais air an t-sagart m'am faigheadh e bàs. Chaidh Aindrea a leige stigh, agus chuir mar chunnaic e an sagart mòr dhuilich-inn air. 'Nuair a chunnaic e Aindrea, dh' éigh e mach, Och, Aindrea ! tha mis a' dol eug, ach cha'n e sin cùis is cruaidhe ; tha eagal orm gu bheil m' anam cailte' gu siorruidh ! Na h-abruibh sin, a deir Aindrea, fo mhòr iomaguin, am feadh a tha Focal De ag ràdh, *gu'n glan fuil Chriosd o gach peacadh*. Och, Aindrea ! nau gabhairne mud' chombairle dhileas an là a bha sinn a' co'-riasanachadh r'a chéile aig do thigh, dh' shaodadh a chùis a bhi gu math. Dh' innis thu dhomh, gum bu ghnothach cudthromach càram anama ; tha mi nis a' tuigsinn gur e siu a th' ann ; is goirt an cunntas a tha agamsa r'a thoirt seachad aig cathair breitheanais De arson call anama a chaidh a dhìth le m' neo-chùram agus le m' aineolas. *Och, 's eagallach an ni tuiteam ann an làmhaibh an De bheò !* 'Nuair thuirt e sin, thainig carrasan 'na chliabh, agus laigsinn air, leis an d' fhàs e neo-mothachail, agus an ùine ghearr thug e suas an deo. Dh' fhàlbh Aindrea dhachaidh cho luath 's a dh' shaod e, a' sile nan deur mar hha e 'g imeachd, a' smaointeachadh air staid eagallach na muinntir a chuireas dàil ann an ullachadh arson siorruidheachd, gus an d' thig tinneas a bhàis orra ! Thug e buidheachas do Dhia na chridhe, gun do mhosgail e o neo-chùram, agus o staid neo-iompaichte ; agus bha a smuaintean air an roinn eadar a bhi duilich arson an t-sagairt, agus taingeil do Dhia arson na staid bheannuichte san robb e fein.

Cuiridh mi crioch air an eachdruidh so le cunntas m'an staid shonadh air an deachaidh Seumas Nòlan gu bàs, ni nach do thachair gu ceann dà bhliadh'n' an deigh an àm so. Thainig fios aon oi'ch a dh' ionnsuidh Aindrea gun robh Seumas gu tinn, agus gun robh toil aig fhaicinn. Fhreagair e an teachdaireachd gu luath, agus an uair a chaidh e steach do thigh a charaid euslaintich, labhair e ris air a mhodh so. Aindrea, tha mi ga m' fhaireachduinu fein gu ro-thiunn, ach tha m' anam làn sòlais. Cha'n fhos doinbh am bi no nach bi an galar so gu bas, ach is aithne do m' Fhear-saoraidh e, agus is leoир sin. 'S ann chum glòir Dhe a bha, o cheann

tamuill, mi a' caitheamh mo bheatha; agus ma chuireas mo bhàs am barrachd glòir air seach na ni mo bheatha, b' fhearr leam dol eug na bhi beo. Bha aiteas mòr air Aindrea sin a chluinntinn, agus ghabh a leis gu neo-chealgach ann am moladh gràdh an Fhir-shaoraidh. O! a deir Seumas, is prìseil do m' chridhe, geallaine sòlasach an t-Soisgeil! Is caomh leam ainm Iosa! Anns an t-suidheachadh inntinn so bhuanach e rè seal. Cha chuireadh Aindrea stad air a sheanachas, ach an uair a stad e, thairg e gu'n cuireadh e suas ùrnuigh, agus gun leughadh e earrann de fhocal De. O dean, a deir Seumas, Leig leam guth m' Fhirshaoraidh a chluinntinn; is esan a tha labhairt; tha m' anam ro-fhurachair. Leugh Aindrea l *Cor. xv.* 's an sin chaidh e air a dhà ghlùin ri taobh na leapach, agus thaosg e mach anam le buidheachas dùrachdach do Dhia arson a mhaiteis da charaid, agus dh' asluich e gràs chum a ghnà chumail suas. Phill e'n sin dachaидh; ach chaidh e gu moch air maduinn an ath-là a dh' fhaicinn Sheumais. Fhuair e a chorp ni bu laige, ach laidir na spiorad. Bha e soilleir gun robh a thinneas a' meudachadh, agus bha e fein agus na bha ma thiuinchioll a' mothachadh gun robh e gun dàil gu dol air imirich do ionad còmhnuidh nan ionracan. Beagan man do chaochail e, bhris e mach ann an gàir eibhinn, 's a cantuinn na ranna is deireannaich a th' anns a chaibdeil a chaidh leughadh an raoir. O a bhàis, thuirt e, c'ait a' bheil do ghath? O uaigh! c'ait a' bheil do bhuaidh? *Buidheachas do Dhia, a thug dhuinne a bhuaidh trid ar Tighearn Iosa Criod.* Seadh, a deir e, thug mo Shlànughear le bhàs buaidh air an nàmhuid dheireannach, agus tha e ceadachadh dhomhs' am faobh a thogail. Air dha fhaicinn gun robh theaghach a' caoineadh, thuirt e, Na deanaibh bròn air mo shonsa, a mhuinntir chridhe; ach deanaibh gàirdeachas leam, agus cuidichibh mi ann an cliuthachadh ainm an FIR-SHAORAIDH. Tha mis a' dol far am faic mi e dìreach mar tha e, agus bithidh mi gu siorruidh maille ris. Och, an cudthrom anabarrach de ghòdir shiorruidh, air a bheil m'anam saorta a' dol a dh' fhaighinn co'-roinn! Cha robh toil, no comas aig aon neach stad a chuir air le focal a ràdh; bha iad uile nan tosd le ioghnadh ri ro-oidheirceas gràs Dhe, a neartuicheadh cnuimh dhíblidh bhochd gu gàirdeachas a dheanamh 'an dlù bheachd air a bhàs, agus le nàmhuid co cumhachdach a dhì-armachadh gun chomas aige dochoir a dheanamh air. Na smuointichibh, a bhean mo

ghaoil, agus a chlann mo għiràidh, theireadh e, gur ni faoin leamsa am bàs; is fad a għabha e uaithe sin. Tha mi ga mheas na chūis ro-eagallach: ach am feadh is urrainn domh amharc air CRIOSD tre chreidimh, cha 'n ion domh eagħal a bhi orm roi'n bhàs; agus is ion domh fiuthair a bhi agam ris gach àgh le mi dh' fhàgħil an t-saogħail so, chum na staid bheannuichte sin a chaidha chosnadha agus a sholar dhomh an taobh thall de'n uaigh. Bha neart a sior flàs ni bu laige; ach bha anam a' sealbhachadh am beachid a b' àghmhoire air sonas. Air dha bhi tamull beag na thosd, ghlaodh e. Haleluia! beannachd, agus urram, agus gloir, gun roħi do n Uan gu siorruidh! B' iad sin na briathra ma dheireadh a labhair e; ach bha' n fheith ghàire néamhuidh a bli' air a ghnuis a' leige ris do gach neach a bha m' an cuairt da gun roħi sitħi na inntinn; agus bha' n doigh thùrail air an togadha e suas a shùilean agus a làmhan ri nèamh, 'nuair nachi roħi e 'na urrainn labhairt, na làn dearbhadh gun roħi a cheud-faithean ann am fonn crabbhach, agus gun roħi a bhuaidh air a bhàs iomlan. Ann an ùine ro-bheag, bha a spiorad sona air a għiulan gu phàrras De. *Gum faigh sinn bàs an ionracain, agus gun roħi ar crioch dheireannach mar a chriochsan!* Air. xxiii. 10.

---

## LEASACHADH.

ANNS a chonnsachadh a bl' eadar Aindrea agus an Sagart, dhi-chuimhnich an Sagart armachd chumhachdach na h-Eagluis a thoirt air an aghaidh, mar tha, *Aonachd' Coitch-iontachd*, agus *Naomhachd*, leis an d' rinn Eagluis na Roimhe gu minieq na h-urrad dholaidh san t-saogħal, 's a tha do għnà air an gnàthachadh an aghaidh għiex aidmheil eile. Na biodh sgàth oirn rompa, ach coinnicheamaid iad gu misneachail, neo-sgàthach, agus mothāichidh sinn nach deacair buaidh a thoirt oirre.

S i mo bħarail, gur e tha *sa cheud àite* air a chialluchadh le *Aonachd* na li-Eagluis, gu bheil aca ceannard, eadhom am Pàp. Ach bu deoin leam fhaicinn "C'ait? an dubħaġt Criosd gun roħi ceannard saogħalta ri bhi air Eagluis air thalamh?" Theagħamh gun abair thu, gu bheil far an dubħaġt e, "Gum biodh aon treud agus aon Bhuachaille ann."

Ach 's ann a tha 'n earrann sin gu soilleir ga chomharrachadh fein a mach mar an t-aon Aodhaire, a' dlù-cheangal nan Iudhach agus na 'n Cinneach nan aon treud. Gu dearbh tha chùis co soilleir san earrainn sin, 's gur eiginn do dhuine nach gabh san t-seadh sin e, a bhi anabarrach aineolach, no air a dhalladh le claon-bhreith. Ach, *san dara àite*, Guin faod Aonachd an co'-chòrdadh a thaobh teagaisg, &c. a chialluchadh, a tha ri fhaicinn ann an Eagluis na Roimhe. Le teann rannsuchadh a dheanamh air an ni so, chithear nach 'eil ann ach mealltoireachd. Cha 'n ioghnadh gad a robh coslas co'-chòrdadh san t-seadh sin, a' measg luchd-aidmheil na h-aon Eagluis, far an e a chiont is mò a dh' fhaodas duin' a chur an gniomh, smuainteach air a shon fein; agus is minic a chaidh ainneart a gnàthachadh chum cosg a chur air daoinibh o labhairt aon ni a bhiodh mi-fhreagarrach do òrdugh na h-Eagluis! Smaoinichidh am Pàp arson nan Easpuidsgean, agus na h-Easpuidsgean arson na Cléir is Isle, agus iadsan arson an t-sluagh gu h-iomlan. Cha'n ion duinn mata ionantas a bhi oirn, far a bheil na h-uiread chìram air a ghabhail chum cosg a chur air gach rannsuchadh, gad a robh caileiginn de choslas a bhi aon-sgeulach ann. Ach na smaoinicheamaid nach iomad connsachadh garbh a bh' aig muinnitir Eagluis na Ròimhe r'a chéile, mu thimchioll na 'n cùise bu chud-thromaire. Ach a deir thusa, *Nach e Aonachd aon de na comharan leis an aithnichear an Eagluis fhior?* Aidichidh mi gur e; Ach 's e "aonachd an spioraid a th' aon," air a bheil Criod fein na fhior cheann,—aonachd a tha co eadar-dhealaichte o aonachd Eagluis na Ròimhe, 's a tha fior rioghalachd o strìochdadadh aindeoineach.

'Se *Coitchiontachd* a tha sinn a nis r'a rannsachadh. Tha so gu bitheanta r'a thoirt fainear a thaobh *ionaid* agus *àm*. Anis m'as e le "Coitchiontachd ionaid" a th' air a chialluchadh, gu bheil **an creidimh** Pàpanach ri fhaotainn anns gach àite, cha'n 'eil sin fior. Ach m'as e mhàin a th' air a chialluchadh, gum faighear e anns gach ionad far a' bheil an Creidimh Crioduidh air aidmheil, faodaidh e bhi air bheag seadh. Rachadh Inneal a chràidh\* a chuir a mach a Eagluis na Roimhe, agùs rachadh saorsainn coguis a dheònachadh, agus faodaidh sinn a ghabhui os laimh, gum bi an Eagluis ath-leasaichte anns gach earrainn de'n Chriosdachd. Mar b'e

sin a thachair, c' arson a bhiodh am Pàp co anabharra toil-each air an Inneal-chlaoideach an-tighearnail so a chur suas anns gach àite, agus co leisg air a thoirt suas far an deach aon uair a shocrachadh? Nach 'eil gnàthachadh a Phàp agus a luchd-leanmhuinn, sa chùis so, a'leigeadh fhaicinn meud an eagail a th' orra a saor rannsuidh; agus co cothromach 'sa theirear, nam biodh so agus gach inneal an-iochd' eile air cur as doibh' cha b'e creidimh na Ròimhe an t-aon aidmheil a dh' fhaodadh a ràdh gun robh muinntir dhiubh ri fhaotainn anns gach cearn de'n Chriosdachd? A thaobl Coitchiontachd ùine, 's eiginn duinn ionnsuidh ghrá-mail a thoirt air, agus fhaicinn ciod am meas air an aithrigh e. "Tha ar n-Eagluis-ne," a deir iad, "ann o thùs; cha 'n-eil ur n-Eagluis-se ann ach o cheann ghoirid; gun bhi ach mu thri ceud bliadhna dh'aois. Stad, stad, a charaid, tha dà fhocal againn ri ràdh m'an ceadaich sinn duibh na h-urrad bhuaidh fhaotain oirn! Tha sinn ag aideacha gu bheil ur n Eagluis-san ro shean, 'se sin, gun robh an stéigh air an do shocraich sibhse ur n-aidmheil, ri fhaicinn o cheann ùine mhòr. Ach tha sinn ag àichcadh nach 'eil so ach a 'dearbhadh gun robh Eagluis Chriosd gu ro-thràthail air a truail-leadh o ceud fhìor-ghloine. Tha e soilleir gun robh a chùis mar so, o na tha'n t-Abstòl Pol ag ràdh na dhara litir chum nan *Teselonianach* ii. 7. "Tha rùn-diomhair na h-andiadhadh ag oibreachadh cheana;" 'se sin an ceudthùs o'n d'thainig a cheud thréigsinn-credimh, a bha' soilleir ri fhaicinn ann an ceud linn na h-eagluis. Co luath 'sa dh'fhas a Chléir déigheil air nithibh aimsireil, ni a thachair gu grad, bha toil aca gach ni aomadh chum am buannachd fein, agus dealas mearachdach an t-sluaigh a dh' oibreachadh le'n sànn anabarrach. 'Sann a chum an t-sruth-chlais so a dh' fhaodar gach fior-chlaonadh o'n cheud fhiorghloine, a lorgachadh, a chithear, ann an Eagluis na Ròimhe. Nach 'eil ann an *Airionn*, *Ionad-meadhonach*, *Aideachadh*, *Maitheanas*, le mòran de nithibh eile, ach innleachdan a fhuair a Chléir, chum am maoin a mheudachadh agus an uaill a shàsachadh. Faodar cumhachd agus urram a Phàp a lorgachadh chum na ceart stéigh cheudna. Chi neach air bith, nach 'eil air a dhalladh le claon-bhreith, nach robh Easpuig na Ròimhe, 's na ceud linne, ach na uachdar an earrann ro bheag, agus gur ann a chuid a chuid, leis a chothrom a ghabhail air còir chàich, agus gur è a b' Easpuig air Baile

mòr na h-Iompaireachd, ghabh e d'a ionnsuidh fein cumhachd, urram, agus mòralachd, mu nach robh iad eolach an ceud linnibh na Criosdachd. Ciod ma ta gus a bheil an stràichd mhòr so a' treòrachadh? Cha'n eil ach thuige so: *Gun robh fior-ghloine mhaiseach a cheud chreidimh gu h-obann air a thruailleadh, agus riaghailt de mhealtoireachd Cléire air a ghabhuil na riochd.* Uime sin tha Coitchiontachd ùine, mar air a chàramh ri Eagluis na Ròimhe, gun bharandas air bith. Tha sinn ag aideachadh gu bheil i *sean*; ach gur i a bh' ann o thùs, tha sinn gu tur ag àicheadh sin. Faodar fhaicinn mar chaidh i air seacharan o fhocal Dhe, agus cuintas a thoirt mu gach claonadh. Cha'n urrainn fad aimsir mearachd a naomhachadh, no idir drùidheachd Cléire breug fhìrinneachadh. 'S e focal Dè ar *n-aon* riaghailt; agus b' fhearr leam aon earrann de fhocal Dhe bhi air nio thaobh, seach uile sgrìobhadh nan aithrichean, òrduighean gach comhairle, àithne gach Pàp, agus beul-aithris gach abstoil a bha riamh sa bheatha.

'S e Naomhachd na h-Eagluis air an d' thoir sinn an t' ath-ionnsuidh. Mu thimchioll so leigeam gu ràidhe na firinn. Ma tha Eagluis na Ròimhe naomha, faodai fiuthair a bhi againn gur ann an uair bu bhuadhaire i, bu mò bha de naomhachd ri fhaotainn. Ach c' uin bu bhuadhaire an Eagluis so? O'n naothamh gus an seathamh linn-deug. Agus cia an t-àm bu doilleire agus a b' an-diadhaidh a Chriosdachd air fad? Ri linn a cheart àm sin. Mar dhear-bhadh air na tha mi 'g ràdh, leigeam gu neo-sgàthach mar fhianuis air eachdruidh nan àmannan sin. A ris, ma tha'n Eagluis so naomh, faodai fiuthair a bhi againn ris a bharrachd naomhachd anns na rioghachdaibh sin far am fearr a thuigear i, agus am mò a tha soirbheacha leatha. Ach ciod a their gnà nan dùthchanna sin ruinn? Ciod ach so. Gu bheil muinntir na h-Eadailte fein, far am buadhaire i, anabarrach truallidh agus mi-bheusach, gu dioghaltach neo-iochd'ar? Nach 'eil an gnàthachadh sin co mòr an aghaidh beus an t-Soisgeil, 's a tha solas do dhorchadas? Gabh beachd air an Ròimh fein, fo shùil-bheachd a Phàp, agus chi thu gu bheil i co làn ainneart, agus mi-bheus ri aon Bhaile mòr sa Criosdachd. A' bheil gach ni dhiubh sin fior? Mar 'eil, cuireadh iad nan aghaidh; agus ma tha, aidicheadh luchddhlon Eagluis na Ròimhe, ga b'e buaidh eile a th' aice, gu bheil i fada goirid o bhi comharrachte ann an *Naomhachd*.

## AM MESIAH.

A NIGHEANAN Shàleim !\* tionnsgnaibh òran réidh,  
 'S na puinn a's àirde gluaisear dàn nan speur.  
 Na fuarain bhlàir, le sgàil nan gorm-choill ùr,  
 'S na bruadair Ghreugach,—theich gu léir fa 'r cùl.  
 A Righ thug càil do'n fhàidh a ghleusadh ceòil'  
 Le éibhleig naoimh, cuir blàths 'an laoidh mó bheòil !

Mu linn na slàinte sheinn am bard o chian,  
 Bidh Mac aig Oigh, Oigh is torach siol !  
 O fhreumhaich Iesse faic le teas a' fàs  
 A suas san speur a' GHEUG is cùbhraidh blàth :  
 Bidh Spiorad Dé 'ga għluasad fén mu 'barr ;  
 'S san dos neo-sheargta tèarnaidh Columan nèimh.  
 Silibh, a neòil, an dealt o'n àird gu dlùth,  
 Tròm-shàmhach, maoth-bhog, frasach, braonach, ciùin !  
 'Sann duibhs' tha anmhunn, tinn, gun neart, gun treidir,  
 A bhrùchdas drùchd na slàint' air bhàrr gach meòir.  
 Le tàmh fo 'sgàil gu bràth cha loisg a' ghrian ;  
 'S o stoirm nan gaoth ni 'm fasgadh caomh 'ur dòn,  
 Trèigidh an t-olc, 's gach ceilg a lot an sluagh,  
 'S air slighe 'pheacaidh coisnidh ceartas buaidh ;  
 Bidh *Olive* għrāis na siochaint sìnte 'mach,  
 S thig neo-chiont' àigh o nèamh, is aillidh dreach.

A linn tean fada, siubhlaibh as gu luath !  
 Grad éireadh fiamh na maidne 'nios o 'n chuan,  
 A bheir gu crìch do bhreith-sa, 'Righ nan slògh !  
 O Leinibh uasail ! dùisg a suas gu d' ghildir !  
 Faic Nàdur fein, 's gach flùr an ceud am fais  
 Fo chòmhdaich éibhinn ! mil a' séideadh tlàth !  
 Faic Lebanon gu h-àrd mar thog e 'cheann,  
 'S gach dos-chraunn àrd 's na coiltibh àigh a' danns' !  
 Faic smùidreadh splosraidh Sharoin suas's na neòil,  
 A's Charmeil ùr nan seud a's drùchdach ceò !  
 Nach cluinn thu luath-ghair ait san fhàsach chéin,  
   “Thig Dia, thig Dia g'ar còir!” gach ròd biodh réidh ;  
   “Thig Dia, thig Dia !” eo'-flireagraind fuaim nam beann ;  
 Gach creag ni gàir m' an Tì a's àirde t' ann !

\* Seann ainm Jerusalem.

Tha'n saogh'l ag éiridh ; lùb an speur a nìos !  
 Gach ni le gràdh 'cur fält' air teachd an TRIATH !  
 Na seudair riomhach cromadh sìos an ceann !  
 Fodha na sléibhteal ! éireadhl làr nan gleann !  
 Gach creag biodh mìn ! biodh sìth air tuiltibh luath !  
 Roimh sholuis gnùise Slànuighir chiùin nam buadh !  
 Faiceadh na doill ! a bhodhair ! cluinn do Dhia !  
 Sud Rìgh nan gràs mar sheinn na baird o chian.  
 Fògraiddh e 'n oidhche dhuibhreach o gach sùil,  
 A's chì na doill a' Ghrian is boillsgeil iùl ;  
 Grad fhosglaidh 'focal toll na clàisneachd suas ;  
 S o 'cho'-sheirm ciùil thig sòlas ùr do'n chluais.  
 Bidh teanga 'bhalbhain deas a dhealbh nan rann,  
 'S mar mhàng nan stùchd gu'n leum an crùbach mall.  
 Cha chluinnear éubb no osnaich chràidh ni's mó,  
 'S o ghruaidh gach creutair suathar deur a' bhròin.  
 'An geimhlibh praise glaisear suas am bàs ;  
 Gheibh prionns' an t-sluichd an lot nach dùin gu bràth.

\* \* \* \* \*

Cha għluais na slòigh ni's mó gu còmlírag arm ;  
 'S na gaisgich threun cha chath rì chéil' am feirg.  
 Co'-ghair nan trompaid plàris cha chluinnear ann ;  
 An t-sleagh no chruaidh cha bhoillsg 'an strigh nan lann ;  
 Cromar gu speala feòir an gath gun sħeum,  
 'S gu soc a' chroinn bidh ruinn a chlaidheinh ghèir.  
 Grad-éiridh aitreibh uasal suas 's gach tìr,  
 S na thionnsgain 'athair, bheir am Mac gu crìch.  
 Sgaoilidh an flònain àrd a dosrach għeug  
 Fo iomlain blàth mar sgàil do'n t-sliochd 'na dhéigh.  
 Na làmhan fial a sgap an siol san fħonn,  
 Gum buain an t-arbhar sguabach, reachdmhor, tróm

\* \* \* \* \*

A Bhan-rìgh SHALEIM ! àrduish glòir do chrùin !  
 'Am mòrachd t'uaise tog a suas do shùil !  
 A'd' chùirtibh riogħail seall na milte slòigh,  
 'S na h-àil nach d'tħàinig, 's àill leo teachd a' d' chdir !  
 Tha linn air linn a' taigrs' am breith gun dàil,  
 Gun fħusgais għam faic iad soills' an là !  
 An sliochd gun chħuntas seall tu dùsgadħi suas,  
 Thoirt modħi do'n Rabbinn àigh is aillidh snuagli !  
 Gabh beachd air feachd nan riogħxachd fad o làimli,  
 Air għluinibh lùbt' ag ûrnuigh 'd thea ħimpull àigh !

'S na ceudan righ a' tuiteam sios gu dlùth,  
 'S gu'n diòl iad iobairt cheart do Thì nan dùl !  
 Nach seall, tha 'n luchd th'air t'altairibh gun smai,  
 Do'n spìosraidh phrìseil thig o'n àird-an-ear !  
 Tha dosraich Edoim dbuits' a' séideadh blàth,  
 'S do dhearg an òir tha sléibhteán Ophir làn.  
 Seall ! Geata' boillsgeil rionnagach nan speur  
 A' fosgladh suas ort ! sud a' ghìldir nach tréig !  
 A' mhaduinn chiùin ni's mò cha deàlraich grian,  
 'S cha 'n éirich gealach shèimh fo sgàil nan nial ;  
 Gràd-bhrùchdaidh tuiltean soillse 'nuas o néamh ;  
 Làn-deàlraidh sruth na glòir a'd' chìurt gach tràth ;  
 Mu d' thimchioll deàrsaidh àird an t-SOLUIS fèin ;  
 'S gu saogh'l nan saogh'l gur leatsa là do Dhé !  
 Ni 'n flaireg traill, 's an iarmailt théid 'na smùid ;  
 Gu'n leagh na sléibhteán as mar chéir roi 'ghnùis ;  
 Na creagan sìorruidh tuitidh sios 'nan ùir ;  
 Ach seasaidh firinn dhileas Rìgh nan dùl !  
 Riaghlaidh tu fèin 's Mesiah 'n éibhneas nèimh,  
 S air glòdir 'ur riogh'chd ni 'm faicear crìoch gu bràth !

*Amen.*

#### A CHRIOCH.

---

#### GLASGOW :

Printed at the University Press, by E. Khull, Dunlop Street;  
 For the GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY, and Sold at their  
 Depositories, 158, Trongate, and 92, Buchanan Street.  
 And in Edinburgh, at the Religious Tract Society's Depository,  
 6, East Register Street.



